


Dè cho math 's a tha an t-ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd againn? Eagran 4



Ro-ràdh

Fàilte ort don dreachd-eagran den fhrèam-obrach ùr ‘Dè cho math ’s a tha an t-ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd againn?’ (HGIOCLD). Chaidh a leasachadh ann an co-chomhairleachadh le prìomh luchd-ùidhe san raon CLD. Tha sinn a-nis airson iarraidh air luchd-cleachdaidh san raon CLD fheuchainn a-mach mus leasaich sinn an t-eagran mu dheireadh dheth. Bidh sinn a’ cur fàilte air fios air ais a thaobh nì sam bith a tha thu a’ smaointinn a tha feumach air atharrachadh. Feuch gun cuir thu fios gu ball sam bith den sgioba CLD Neach-sgrùdaidh na Banrigh. Faodaidh tu cuideachd post-d a chur gu Alona Murray (alona.murray@educationscotland.gov.scot).

Tha HGIOCLD na phàirt de phasgan de fhrèamaichean-obrach càileachd a chaidh a leasachadh le Foghlam Alba agus am Frèam-obrach Eòrpach airson Càileachd Rianachd (EFQM). Tha e a’ cur cuideam air ceannardas agus solar de dh’àrd càileachd mar chomasaichean a dhleasas toraidhean sàr-mhath a thaobh bhuilean deimhinneach don chloinn agus dhaoine òga air fad agus coimhearsnachdan. Tha na frèamaichean-obrach seo a’ cur an cèill na h-inbhean a bhios sinn a’ cleachdadh gus measadh agus aithris a dhèanamh air càileachd agus leasachadh ann am foghlam ann an Alba. Bidh gach frèam-obrach a’ gabhail a-steach seata de shlatan-tomhais deagh-ghnè a bhios Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a’ cleachdadh ann an sgrùdaidhean agus lèirmheasan. Bidh na frèamaichean-obrach gan cur gu feum le luchd-cleachdaidh, manaidsearan agus ceannardan gus measadh, luachadh agus aithris a dhèanamh air càileachd agus leasachadh.

Tha am frèam-obrach a’ toirt fa-near don phrìomh reachdas, phoileasaidhean agus ro-innleachdan a bhios a’ toirt buaidh air luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan ann an Alba. Tha na slatan-tomhais deagh-ghnè air an dealbhachadh gus a bhith a’ nochdadh a’ cho-theacsa, a tha a’ sìor-leasachadh gu luath, sa bheil an raon CLD ag obair, a’ gabhail a-steach mar a tha an uimhir de ghnìomhan ionnsachaidh is leasachaidh a tha air-loidhne, no nan co-mheasgachadh de air-loidhne is far-loidhne, a’ sìor-dhol am meud. Tha fòcas anns an fhrèam-obrach air co-ionannachd, in-ghabhaltachd, sunnd agus còraichean, a’ toirt fa-near, am measg chuspairean eile a tha a’ putadh ghnòthaichean air adhart, Cunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean na Cloinne (UNCRC). Tha e a’ cumail fòcas air mar a dh’fhaodar a’ bheàrn ann an coileanadh a dhùnadh eadar iadsan a tha a’ fulang an anaco thruim as motha agus an co-aoisean. Tha e a’ toirt fa-near don ghluasad a dh’ionnsaigh barrachd cumhachdachadh choimhearsnachdan. Tha e a’ toirt taic do sholaraidhean gus obair a dhèanamh ann an com-pàirteachas le coimhearsnachdan airson dèiligeadh ri prìomhachasan ionadail, a’ gabhail a-steach dèiligeadh ri anaco thruiman air an cruthachadh le bochdainn.

Tha an HGIOCLD seo na cheathramh eagran den fhrèam-obrach. Tha an t-eagran seo a’ togail air eagrannan a rinneadh roimhe, agus gabhaidh a chleachdadh gach cuid le luchd-cleachdaidh CLD agus leothasan a tha a’ cleachdadh mhodhannan CLD taobh a-staigh an cuid obrach. Bu chòir gum bi seirbheisean, buidhnean agus com-pàirteachasan, gach cuid san raon shaor-thoileach agus san raon phoblach, a’ cleachdadh nan slatan-tomhais deagh-ghnè gus fèin-luachadh a ghabail os làimh gu cunbhalach agus gu leantainneach. Bidh seo gan cuideachadh gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air na neartan is raointean leasachaidh taobh a-staigh an cuid cleachdaidh is solair CLD.

Tha HGIOCLD stèidhte mu sheata de slatan-tomhais deagh ghnè, agus gach fear dhiubh a' fòcasachadh air raon leasachaidh sònraichte. Chaidh an cur ann am buidhnean fo thrì cinn: coileanadh agus builean; rianachd agus libhrigeadh; agus ceannardas agus seòladh. Tha gach slat-tomhais deagh ghnè a' gabhail a-steach:

- Aithris choitcheann agus trì cuspairean gus mìneachadh a thoirt seachad air dè na raointean ris a bheil i a' dèiligeadh;
- Sgead-dhealbhan a tha a' sealltainn cò ris a dh'fhaodadh fìor dheagh chleachdadh a bhith coltach airson gach cuspair; agus
- Seata de cheistean dùbhlain gus deasbad a bhrosnachadh.

A bharrachd air na slatan-tomhais deagh ghnè, tha am frèam-obrach cuideachd a' gabhail a-steach raon de dh'uidheaman a bhios gad chuideachadh gus a chur gu feum. Tha iad seo a' gabhail a-steach tuilleadh fiosrachaidh air:

- Carson agus ciamar a thèid an goireas seo a chleachdadh;
- An sgèile sia-phuing a bhios Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' cleachdadh gus measaidhean a dhèanamh an dèidh sgrùdadh;
- Beag-fhaclair de bhriathran a chleachdar gu tric.

Chaidh am frèam-obrach seo a dhealbhadh sa mhòr-chuid mar uidheam air-loidhne. Bidh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh ga ath-sgrùdadh gach bliadhna gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' comharrachadh a' chleachdaidh as fheàrr agus gus uidheaman no ceanglaichean a bharrachd a chur ris.

Uidheaman a bhios gad chuideachadh gus am frèam-obrach seo a chur gu feum

Carson a chleachdadh tu an goireas seo?

Bidh am frèam-obrach seo a' toirt taic dhut mar neach fa leth, mar bhuidheann no mar chom-pàirteachas gus tuigse nas iomlaine fhaighinn air na neartan agad agus raointean leasachaidh sam bith. Bidh seo a' cuideachadh gus taic a thoirt dhut gus tuigse fhaighinn agus piseach a thoirt air a' bhuidheann a tha thu a' dèanamh, gus dèanamh cinnteach gu bheil na builean airson gach neach-ionnsachaidh agus coimhearsnachd gan leasachadh. Faodaidh e do chuideachadh, a bharrachd air sin, gus ceannardas a neartachadh aig a h-uile ìre. Bidh e a' cuideachadh gus briathrachas agus tuigse a tha co-phàirtichte a leasachadh am measg a h-uile duine a tha an sàs ann an CLD ann an Alba.

Cò dha a tha an goireas seo agus cò bu chòir a bhith an sàs ann?

Gabhaidh a chleachdadh mar uidheam airson fèin-luachadh le luchd-cleachdaidh CLD agus leothasan a tha ag ùisneachadh mhodhannan CLD taobh a-staigh an cuid obrach. Gabhaidh a chleachdadh le saor-thoilich, ceannardan coimhearsnachd, luchd-obrach, manaidsearan agus ceannardan àrd-rangach ann an seirbheisean poblach agus ann am buidhnean saor-thoilich is coimhearsnachd. Gabhaidh a chleachdadh cuideachd le luchd-pàirt ag obair ri chèile gus càileachd seirbheise a leasachadh. Tha e a' co-phàirteachadh briathrachas coitcheann le frèamaichean-obrach càileachd a chaidh a leasachadh le Foghlam Alba, agus gabhaidh a chleachdadh ri taobh uidheaman measaidh eile. Faodaidh a h-uile duine a bhith a' cur ri fèin-luachadh. Airson goireas fèin-luachaidh a chleachdadh, 's e an dòigh as fheàrr a bhith a' gabhail a-steach a h-uile duine bhon bhuidhinn agad, bho luchd-pàirt agus bho luchd-ùidhe eile ann am pròiseas co-fèin-luachaidh.

Ciamar a thèid a chleachdadh?

Fhad 's a tha thu a' coimhead tron sgrìobhainn, chì thu grunn shlatan-tomhais deagh ghnè a tha a' fòcasachadh air raointean leasachaidh sònraichte. Cleachd na slatan-tomhais deagh ghnè gus do chuideachadh na neartan is raointean leasachaidh agad a chomharrachadh, gus an diofar a tha thu a' dèanamh a dhearbhadh agus an ath nì a dh'fheumas tu dèanamh a nochdadh. Chaidh na slatan-tomhais a dhealbhadh gus taic a thoirt dhut ann a bhith a' smaointinn air ciamar a thèid agad air stòrasan a chleachdadh, ionnsachadh bho àitichean eile agus planadh airson atharrachadh. Chaidh an cur ann am buidhnean fo thrì cinn: coileanadh agus builean (*performance and outcomes*); rianachd agus libhrigeadh (*management and delivery*); agus ceannardas agus seòladh (*leadership and direction*).

Tha gach slat-tomhais deagh ghnè a' gabhail a-steach:

Aithris choitcheann agus cuspairean a tha a' mìneachadh dè na raointean ris a bheil i a' dèiligeadh. Tha sgead-dhealbhan ann air cò ris a dh'fhaodadh fìor dheagh chleachdadh a bhith coltach airson gach cuspair. Thathar an dùil gum bi na sgead-dhealbhan seo a' toirt eisimpleirean den raon de fhianais agus de chleachdadh. Chan eil iad buileach ioma-chuimseach, agus cha bu chòir an cleachdadh mar liosta-dhearbhaidh. Tha gach slat-tomhais deagh ghnè cuideachd a' gabhail a-steach seata de cheistean dùbhlain gus deasbad a bhrosnachadh.

A' tòiseachadh

Faodaidh tu tòiseachadh le slat-tomhais deagh ghnè sam bith agus faodaidh tu sùil a thoirt orra ann an òrdugh sam bith. Chan fheum thu gach slat-tomhais deagh ghnè a chleachdadh, no gach cuspair, ach tha na slatan-tomhais a' buntainn ri chèile, agus mar sin gheibh thu tuigse nas fharsainghe air a' bhuidheann a tha thu a' dèanamh agus do raointean leasachaidh ma tha thu a' coimhead air barrachd is aon dhiubh. A bharrachd air sin, tha e na chuideachadh a bhith a' coimhead air slatan-tomhais bho gach earrann – coileanadh agus builean, rianachd agus lìbhrigeadh, ceannardas agus seòladh – gus tuigse as fheàrr fhaighinn air dè cho math 's a tha a' bhuidheann, seirbheis no com-pàirteachas agad a' leasachadh càileachd. Faodaidh tu tòiseachadh le bhith a' coimhead gu geàrr aig a h-uile slat-tomhais deagh ghnè agus, le bhith a' dèanamh sin, is urrainn dhut an fheadhainn as freagarraiche a chomharrachadh airson fiosrachadh nas mionaidiche fhaighinn orra.

Raon Gàidhlig

Gabhaidh am frèam-obrach càileachd is leasachaidh seo a chleachdadh ann an diofar cho-theacsaichean coimhearsnachd, ionnsachaidh is leasachaidh, air am bi raon de luchd-cleachdaidh, luchd-pàirt agus saor-thoilich a' co-obrachadh gus taic a thoirt do bhuilean nàiseanta airson Gàidhlig. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach: leasachadh coimhearsnachd; obair-òigridh; ionnsachadh teaghlaich; toirt taic do bhogadh mar phàirt de Foghlam Meadhan Gàidhlig, agus obair eadar-theachd eile; ionnsachadh inbhich a tha stèidhte sa choimhearsnachd; obair gus piseach a thoirt air slàinte is soirbheas; agus leasachadh shaor-thoileach. Mar phàirt de cho-obrachadh èifeachdach, bithear a' cleachdadh nan slatan-tomhais deagh ghnè agus gan cur an gnìomh san raon Ghàidhlig gus atharrachadh agus leasachadh a bhrosnachadh. Ann a bhith a' dèanamh seo, bu chòir do luchd-cleachdaidh sùil a thoirt air [Comhairle mu Foghlam Gàidhlig](#) gus dèanamh cinnteach gum bithear a' toirt fa-near na modhan-obrach sònraichte ann am foghlam Gàidhlig.

Beag-fhaclair

Taobh a-staigh co-theacsa na sgrìobhainne seo, tha na briathran a chleachd sinn a' ciallachadh:

Coileanadh (a thaobh clann agus daoine òga)

Tha seo a' ciallachadh nan sgilean is buadhan air fad a tha air am fighe a-steach ann an ceithir comasan a' Churraicealam airson Sàr-mhathais. Bidh seo ga leasachadh san sgoil agus ann an suidheachaidhean taobh a-muigh na sgoile, leithid obair-òigridh agus ionnsachadh teaghlaich.

Buileachadh (a thaobh clann agus daoine òga)

Tha seo a' ciallachadh an adhartais a ghabhas a thomhas a bhios clann agus daoine òga a' dèanamh an uair a bhios iad a' dol tron sgoil agus an dèidh na sgoile fhàgail. Ann an co-theacsa CLD, bidh seo a' buntainn gu h-àraid ri leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair.

Ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd (CLPL)

'S e CLPL pròiseas leantainneach trom bi luchd-cleachdaidh CLD a' gabhail uallach airson an cuid ionnsachaidh is leasachaidh, a' cleachdadh fèin-ùghdarras proifeiseanta meudaichte a bhios a' toirt dhaibh an cothrom a bhith a' gabhail ri atharrachadh agus a bhith a' coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan clann, daoine òga is inbhich ionnsachaidh.

Leasachadh coimhearsnachd

'S e Leasachadh Coimhearsnachd pròiseas far am bi daoine a' tighinn ri chèile gus gnìomh a ghabhail air na tha cudromach dhaibh. Bidh e a' cuideachadh choimhearsnachdan a bhith a' cur rian orra fhèin agus a' comharrachadh nan cùisean ris a bheil iad ag iarraidh a dhèiligeadh no nan cothroman a tha iad ag iarraidh a lorg. Gabhaidh seo a dhèanamh le coimhearsnachdan de dh'àite no le coimhearsnachdan de fhèin-aithne cho-phàirtichte. Tha leasachadh coimhearsnachd mu dheidhinn toirt gu buil comann sòisealta a tha nas ceirte, nas cothromaiche agus nas ion-gabhalta. (SCDC) Cumhachdachadh choimhearsnachdan. Tha Riaghaltas na h-Alba a' sàr-mhìneachadh cumhachdachadh choimhearsnachdan mar: 'pròiseas far am bi daoine ag obair còmhla gus atharrachadh a thoirt gu buil sna coimhearsnachdan aca tro bhith a' faighinn barrachd cumhachd is buaidh air na tha cudromach dhaibh.'

Faodaidh coimhearsnachdan a bhith stèidhte air cruinn-eòlais, no faodaidh iad a bhith a' co-phàirteachadh ùidhean, draghan no fèin-aithnean a tha cumanta.

Dàta

'S e dàta fiosrachadh firinneach agus staitistigs air an cruinneachadh còmhla airson fiosrachadh no anailis

Ionnsachadh didseatach

'S e ionnsachadh didseatach ionnsachadh a tha a' faighinn taic, agus air a chur ris, le raon de theicneòlas didseatach agus modhan-obrach. Far a bheil luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh ionnsachadh didseatach aig an taigh a bharrachd air ann an ionad-foghlaim airson gnìomhachdan ionnsachaidh a tha foirmeil no neo-fhoirmeil, bidh seo a' toirt deagh bhuaidh air an cuid buileachaidh. Faodaidh teicneòlasan didseatach cobhair a thoirt ann a bhith a' ceannsachadh nan dùbhlàn ris am bi cuid de luchd-ionnsachaidh a' dèiligeadh; faodaidh iad sgilean so-fhastachd a leasachadh agus eòlas air slighean cùrsa-obrach a mheudachadh.

Co-ionannachd

'S e co-ionannachd toirt air falbh nam bacaidhean agus a bhith a' leudachadh nan cothroman dhaibhsan aig nach eil mòran cothrom. Far a bheil co-ionannachd air a fighe a-steach ann an cleachdadh, cha bhi leth-bhreith stèidhichte air claon-bharail ann.

Cothromas

Tha cothromas a' ciallachadh gu bheilear a' dèiligeadh ri daoine gu cothromach, ach dh'fhaodadh e a bhith nach bithear a' dèiligeadh ris a h-uile neach san aon dòigh. Tha cothromas ann an ionnsachadh a' ciallachadh nach eil suidheachaidhean pearsanta no sòisealta, leithid gnè, cinnidheachd no cùl-raon teaghlaich, nam bacaidhean a thaobh comas foghlaim a choileanadh agus gu bheilear a' toirt taic mhath don h-uile duine òg is inbheach gus sunnd agus sgilean airson ionnsachadh, beatha is obair fhaotainn.

Ionnsachadh Teaghlaich

Bidh ionnsachadh teaghlaich a' brosnachadh buill an teaghlaich a bhith ag ionnsachadh còmhla, le fòcas air ionnsachadh eadar-ghinealach. Faodar gnìomhachdan ionnsachadh teaghlaich a dhealbhadh a dh'aon ghnòthach gus pàrantan a chomasachadh a bhith ag ionnsachadh ciamar a dh'fhaodas iad taic a thoirt do ionnsachadh an cuid chloinne.

Ionnsachadh eadar-ghinealach

Bidh ionnsachadh eadar-ghinealach a' cuideachadh luchd-cleachdaidh bho dhiofar ghinealaichean gu bhith ag ionnsachadh còmhla. Bidh e a' toirt dhaoine de dhiofar aoisean ri chèile ann an dòigh a tha gan comasachadh a bhith a' co-phàirteachadh an cuid fhèin-fhiosrachaidhean, eòlasan agus beachd-smuainean a chum leas an luchd-phàirteachaidh uile. Bidh e a' brosnachadh tuigse is meas nas motha eadar ginealaichean, agus bidh e a' cur ri oidhirpean gus coimhearsnachdan nas co-sheasmhaiche a thogail.

Luchd-ionnsachaidh

Tha am briathar seo a' ciallachadh duine sam bith a bhios a' faighinn sheirbheisean bho chom-pàirteachas no neach-pàirt a tha a' lìbhrigeadh solar CLD. Tha e a' gabhail a-steach, ach chan eil e cuibhrichte ri, daoine ris am faod thu bruidhinn air an fòn, cliantan, custamairean, clann, daoine òga, inbhich, luchd-ùidhe, teaghlaichean, saor-thoilich, luchd-iomairt coimhearsnachd agus buill coimhearsnachd.

Luchd-pàirt

Tha seo a' gabhail a-steach an dà chuid na buidhnean a tha a' lìbhrigeadh ionnsachadh is leasachadh sa choimhearsnachd agus seirbheisean eile a tha a' cur ri com-pàirteachasan. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, ach chan eil e cuibhrichte ri, seirbheisean CLD, sgoiltean, cultar is spòrs, an NHS, colaistean, am poileas, an treas raon, buidhnean coimhearsnachd, leabharlannan agus fastaichean.

Feartan dìonta

'S iad na feartan dìonta fo Achd Co-ionannachd 2010: aois; ciorramachd; ath-bhuileachadh gnè; pòsadh agus cèileachadh sìobhalta; leatromachd agus màthaireachd; cinneadh; creideamh agus cràbhadh; gnè; agus aomadh gnèitheasach.

Dìon

Tha dìon a' gabhail a-steach, ach tha e a' dol nas fharsaingeach na, dìon cloinne. Tha e a' ciallachadh cur air adhart leas na cloinne, daoine òga agus inbhich so-leònta.

Saor-thoilich

Tha am briathar seo ga chleachdadh a thaobh a h-uile duine a tha a' cur ris an raon-obrach agad ach nach eil air am pàigheadh. Bidh e a' gabhail a-steach a h-uile duine ris an canar saor-thoilich. Dh'fhaodadh e cuideachd a bhith a' gabhail a-steach daoine eile leithid: buill bùird; urrasairean; buill na comataidh-stiùiridh; iadsan a tha air buidhnean comhairleachaidh; inntearnaich neo-phàighte; iadsan a tha air greis gnìomhachais; iadsan a tha a' dèanamh seirbheis coimhearsnachd; saor-thoilich a tha a' togail airgid; luchd-cuideachaidh; agus iadsan a tha air am fo-fhastadh bho bhuidhnean eile.

Cothroman leasachaidh an fheachd-obrach

Tha seo a' gabhail a-steach a h-uile gnìomachd ionnsachaidh is leasachaidh sam bi luchd-obrach is saor-thoilich an sàs. Tha e a' gabhail a-steach ach gun a bhith cuibhrichte ri: trèanadh; ionnsachadh proifeiseanta fad-dhreuchd; leasachadh feachd-obrach; sgàileachadh; ionnsachadh air-loidhne; a' dèanamh dhùaisean is teisteanasan. Bidh luchd-cleachdaidh CLD a' gabhail uallach airson an cuid ionnsachaidh is leasachaidh, a' cleachdadh fèin-ùghdarras proifeiseanta meudaichte a bhios a' toirt dhaibh an cothrom a bhith a' gabhail ri atharrachadh agus a bhith a' coinneachadh nas fheàrr ri feumalachdan clann, daoine òga is inbhich ionnsachaidh.

Tuilleadh mu dheidhinn fèin-luachadh

Aig cridhe fèin-luachaidh, tha trì ceistean:

Ciamar a tha sinn a' dèanamh?

- A bheil sinn a' toirt seirbheisean/gnìomhachdan/cothroman a tha freagarrach, so-ruigsinneach agus de dh'àrd-chàileachd?
- A bheil sinn a' stèidheachadh agus a' coileanadh targaidean àrd-amasach?
- A bheil sinn, ann an dòigh eagarach, a' leasachadh càileachd na tairgse againn?

Ciamar a tha fios againn?


- A bheil sinn a' tionail fianais gus measadh a dhèanamh air mar a tha sinn a' dèanamh?
- A bheil sinn a' sìor-thomhas agus a' sìor-luachadh buaidh nan seirbheisean/gnìomhachdan/cothroman a tha sinn a' solarachadh?

Dè tha sinn a' dol a dhèanamh a-nis?

- A bheil sinn a' cleachdadh na fianais a thionail sinn gus taic a thoirt do na builean làidir againn agus atharrachadh a thoirt air na builean far a bheil feum againn air barrachd leasachaidh?
- A bheil sinn a' cleachdadh fianais làidir gus planaichean a dhèanamh airson leasachaidhean san àm ri teachd, air chor 's gum bi sinn, san dòigh as fheàrr, a' coileanadh feumalachdan nan daoine leis am bi sinn ag obair agus feumalachdan luchd-ùidhe eile?


Tha trì co-phàirtean aig cultar luachaidh is leasachaidh:

- **A' coimhead a-steach** – gus measadh a dhèanamh air coileanadh aig a h-uile ìre agus am fiosrachadh tionailte a chleachdadh airson co-dhùnadh air dè dh'fheumar dèanamh airson piseach;
- **A' coimhead a-mach** – gus ionnsachadh bho dhaoine eile, bho rannsachadh agus bho dheagh chleachdadh agus seo a chleachdadh airson taic a thoirt do dh'ùr-ghnàthachadh is cruthachalachd agus airson fiosrachadh a thoirt do phlanadh; agus
- **A' coimhead air adhart** – gus sgrùdadh a dhèanamh air dè dh'fhaodadh a bhith an dàn san àm ri teachd agus am fiosrachadh seo a chleachdadh air chor 's gum bi sinn a' sùileachadh dè an t-atharrachadh a tha a dhìth gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn freagairteil ri feumalachdan an ama ri teachd.



A' tionail fianais

Tha fèin-luachadh a' gabhail a-steach tionail fianais a dh'fhaodas innse dhuinn dè cho math 's a tha sinn a' coileanadh feumalachdan nan daoine leis am bi sinn ag obair agus feumalachdan luchd-ùidhe eile, agus dè an diofar a tha sinn a' dèanamh. Tha ceithir prìomh bhunan ann às am faodar fianais a tharraing gus ar cuideachadh airson measadh a dhèanamh air càileachd:



Cha bhi aon bhun na aonar gu leòr airson fianais làidir a sholarachadh agus, mar sin, bidh deagh fhèin-luachadh a' gabhail a-steach measgachadh de fhianais bho raon de bhunan.

Dàta coileanaidh

Bhiodh eisimpleirean de dhàta coileanaidh a' gabhail a-steach fiosrachadh co-cheangailte ri builean ionadail is nàiseanta, dàta ionadail leithid atharrachaidhean ann an ìre de chosnadh no lùghdaichean ann an ìre de ghiùlan mì-shòisealta. Bu chòir gum bi e cuideachd a' gabhail a-steach dàta air an t-solar a tha thu a' libhrigeadh, leithid ìrean de dhaoine a tha a' gabhail pàirt, de dh'uairean a thide a tha luchd-ionnsachaidh air choileanadh, no den àireamh de bhuidhnean coimhearsnachd a fhuair taic.

Sgrìobhainnean buntainneach

Beachdaich air dè na sgrìobhainnean a tha a' dearbhadh nam buaidhean a tha agad. Dh'fhaodadh eisimpleirean a bhith a' gabhail a-steach: aithrisean air lèirsinn, luachan is cuimsean; planaichean leasachaidh is gnothachais; aithrisean coileanaidh; lèirmheasan air planaichean CLD a tha a' sealltainn adhartas mu choinneimh thargaidean; geàrr-chunntasan choinneamhan a tha a' sealltainn cho-dhùnaidhean agus aithriseadh mu choinneimh phlanaichean, aontaidhean com-pàirteachais agus cumhachan iomraidh.

Beachdan luchd-ùidhe

'S e pàirt riatanach den phròiseas fèin-luachaidh gum bi sinn a' tional fiosrachadh. Às aonais sin, bidh e glè dhoirbh dhuinn buaidh na h-obrach againn a thuigsinn. Cha mhòr nach gabh e dèanamh gum bithear a' cur earbsa sam bith ann am builean fèin-luachaidh mura bheilear a' gabhail a-steach beachdan nan daoine leis am bi sinn ag obair. Gabhaidh a thional bhuapasan leis am bi sinn ag obair nuair a tha iad a' tòiseachadh air na seirbheisean againn a chleachdadh, fhad 's a tha iad gan cleachdadh agus, ann an cuid de shuidheachaidhean, an dèidh dhaibh crìochnachadh leotha. Bu chòir gum bithear a' tional fiosrachadh cuideachd ann an dòigh eagarach bho neo-luchd-cleachdaidh agus bho chomainn choimhearsnachd.

Sgrùdadh dìreach

Tha sgrùdadh dìreach a' ciallachadh gu bheilear a' tadhal air gnìomhachdan agus an làthair airson sùil a thoirt air na bhios luchd-obrach/saor-thoilich a' cur a-steach agus na builean a bhios luchd-pàirteachaidh/luchd-ionnsachaidh a' faighinn às. Bhiodh seo a' gabhail a-steach a' coimhead air modailean libhrigidh, modhannan agus goireasan, a bharrachd air dè cho brosnachta 's a tha na daoine leis am bi sinn ag obair.

An sgèile sia-puing

Is e inneal a tha san sgèile sia-puing airson a bhith a' rangachadh nan slatan tomhais deagh-ghnè. Is e Foghlam Alba, ùghdarrasan ionadail agus buidhnean riaghlaidh eile as motha a bhios ga chleachdadh, gus tomhas an measaidh nàiseanta agus/no ionadail a shuidheachadh thar ghrunnan bhuidhnean stèidhichte. Chan eil e deatamach do lonnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (ILC) iad fhèin a thomhas a rèir na sgèile sia-puing ged a dh'fhaodadh iad roghnachadh sin a dhèanamh. Bu chòir a bhith mothachail, an uair a thèid rangachadh a chur an sàs gu bheil e airson nan slatan-tomhais deagh-ghnè air fad. Cha bu chòir cuspairean fa leth a bhith air an rangachadh. Ann am foghlam, faodar luachadh a dhèanamh ann an raon de cho-theacsan. Feumaidh sinn a bhith mothachail gum bi ìrean duaiseachaidh a tha a' cleachdadh sgèile càileachd an-còmhnaidh nas motha na sgil phroifeiseanta seach a bhith na phròiseas teicnigeach. Ach, bu chòir na stiùiridhean a leanas a bhith air an cleachdadh gu cunbhalach.

Tha luachadh de **sàr mhath** a' ciallachadh gu bheil an fheart seo de dh'obair ILC sàr-mhath agus air thoiseach san earrann. Tha fèin-fhiosrachaidhean agus coileanaidhean na cloinne agus nan daoine òga air fad de chàileachd air leth àrd. Tha luachadh de shàr mhath a' riochdachadh inbhe solair air leth a tha mar eisimpleir air a' chleachdadh as fheàrr, stèidhichte air a bhith a' coileanadh co-ionannachd agus in-ghabhail agus tuigse dhomhain phroifeiseanta a tha air a cho-roinn nas fharsaing na an sgoil gus taic a thoirt do leasachadh a tha air feadh an t-siostaim. Tha e a' nochdadh gu bheil ìrean air leth àrda de choileanadh seasmhach agus gun tèid an cumail suas.

Tha luachadh de **glè mhath** a' ciallachadh gu bheil neartan cudromach san fheart seo de dh'obair na sgoile. Tha glè bheag de raointean ann a tha feumach air leasachadh agus chan eil feumalachdan sam bith a tha ann a' lùghdachadh fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh ann an dòigh chudromach sam bith. Tha measadh de glè mhath a' riochdachadh inbhe àrd de sholair airson na cloinne agus nan daoine òga air fad agus na inbhe a bu chòir a bhith comasach do na h-uile a choileanadh. Thathar a' sùileachadh gun lean an ILC orra a' dèanamh feum de fhèin-luachadh gus tuilleadh leasachaidhean a phlanadh agus gun lean iad orra a chùim a bhith a' leasachadh agus a' coileanadh chun na h-ìre sàr mhath.

Tha luachadh de **math** a' ciallachadh gu bheil neartan cudromach ann an obair ILC ach tha cuid de thaobhan a tha feumach air leasachadh. Tha buaidh a tha gu math deimhinneach aig na neartan air cha mhòr a h-uile leanabh agus neach òg. Tha càileachd fèin fhiosrachaidhean luchd-ionnsachaidh air a lùghdachadh ann an dòigh le feartan a tha feumach air a bhith air an leasachadh. Tha e a' gabhail a-steach gum bu chòir dhan sgoil a bhith a' sireadh dhòighean gus tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air raointean de neart chudromach, agus a bhith gnìomhach ann a bhith a' dèiligeadh ri raointean a tha feumach air leasachadh.

Tha luachadh de **riarachail** a' ciallachadh gu bheil na neartan a tha san fheart seo de dh'obair ILC dìreach beagan nas fheàrr na na laigsean. Tha e a' comharrachadh gu bheil cothrom aig an luchd-ionnsachaidh air solair a tha aig ìre gu math bunaiteach. Tha e a' riochdachadh inbhe far a bheil buaidh dheimhinneach air a bhith aig na neartan air fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh. Ged nach eil na laigsean cudromach gu leòr gus droch bhuidh shusbainteach a thoirt, tha iad a' cur bacadh air càileachd fèin-

fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh san fharsaingeachd. Feumaidh an sgoil a bhith gnìomhach ann a bhith a' dèiligeadh ri raointean anns a bheil laigsean le bhith a' togail air a neartan.

Tha luachadh de **lag** a' ciallachadh gu bheil laigsean cudromach san fheart seo de dh'obair ILC. Ged a dh'fhaodadh gu bheil beagan neart ann, tha na laigsean cudromach, leotha fhèin no còmhla, mòr gu leòr gus fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh a lùghdachadh ann an dòighean susbainteach. Tha seo a' ciallachadh gu bheil feum aig ILC air gnìomh luath, structaraichte agus air a phlanadh a chur an sàs.

Tha luachadh de **neo-riarachail** a' ciallachadh gu bheil laigsean mòra san fheart seo de dh'obair na sgoile a dh'fheumas dèiligeadh riutha sa bhad. Tha fèin-fhiosrachaidhean an luchd-ionnsachaidh ann an cunnart ann an dòighean susbainteach. Cha mhòr anns a h-uile cùis, nach fheum seo taic bho àrd mhanaidsearan ann a bhith a' planadh agus a' coileanadh nan gnìomhan a tha riatanach a thaobh leasachadh a choileanadh. Mar as trice bidh seo a' ciallachadh gum feumar a bhith ag obair còmhla ri luchd-obrach eile ILC no ann am buidhnean eile.

Ìre 6	Sàr-mhath	sàr-mhath agus air thoiseach san earrann
Ìre 5	Glè mhath	neartan cudromach
Ìre 4	Math	neartan cudromach le taobhan feumach air leasachadh
Ìre 3	Riarachail	neartan dìreach beagan nas fheàrr na na laigsean
Ìre 2	Lag	laigsean cudromach san fheart
Ìre 1	Neo-riarachail	laigsean mòra

Geàrr-chunntas air slatan-tomhais deaghghnè

<p>Coileanadh agus Builean</p>	<p>Rianachd agus Libhrigeadh</p>	<p>Ceannardas agus Stiùireadh</p>
<p>1. Dè cho math 's a tha an coileanadh againn a' dearbhadh bhuidhean deimhinneach?</p>	<p>3. Dè cho math 's a tha seirbheisean air an stiùireadh?</p>	<p>5 Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas aig a h-uile ìre?</p>
<p>1.1 Coileanadh mu choinneimh chuimsean is targaidean</p> <p>1.2 Leasachaidhean ann an co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd</p>	<p>3.1 Stiùireadh agus taic</p> <p>3.2 Ag obair ann an com-pàirteachas</p> <p>3.3 Cleachdadh stòrasan ann an dòigh sheasmhach agus èifeachdach</p>	<p>5.1 Lèirsinn, cultar agus seòladh</p> <p>5.2 A' treòrachadh dhaoine agus a' leasachadh chom-pàirteachasan</p> <p>5.3 Riaghlachas airson bhòrd, chomataidhean stiùirdh, urrasairean</p>
<p>Coileanadh agus Builean</p>	<p>Rianachd agus Libhrigeadh</p>	<p>Ceannardas agus Seòladh</p>
<p>2. Dè cho math 's a tha builean gan coileanadh airson luchd-ùidhe?</p>	<p>4 Dè cho math 's a tha libhrigeadh phrìomh sheirbheisean?</p>	<p>6 Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas ann a bhith a' toirt piseach air builean?</p>
<p>2.1 Coimhearsnachdan air an cumhachdachadh</p> <p>2.2 Ionnsachadh fad-bheatha</p> <p>2.3 A' toirt piseach air cothroman-beatha</p> <p>2.4 Buaidh air buidhnean a tha a' faighinn taic no maoineachadh no a tha air an coimiseanadh</p>	<p>4.1 Libhrigeadh leasachadh coimhearsnachd</p> <p>4.2 Libhrigeadh ionnsachadh coimhearsnachd</p>	<p>6.1 Ag àrdachadh inbhean</p> <p>6.2 A' dleasadh leasachaidhean</p>

Geàrr-chunntas air slatan-tomhais deagh ghnè còmhla ri cuspairean

Coileanadh agus Builean	
1. Dè cho math 's a tha an coileanadh againn a' nochdadh bhuidhean deimhinneach?	
1.1 Coileanadh mu choinneimh chuimsean is targaiden	<ul style="list-style-type: none">• Anailis agus cleachdadh dàta agus fiosrachaidh eile• A' cumail sùil air adhartas• Buaidh air luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan
1.2 Leasachaidhean ann an co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd	<ul style="list-style-type: none">• Cothrom agus in-ghabhaltachd• A' lùghdachadh chnapan-starra agus neo-ionannachdan• Cothromachd, co-ionannachd agus iomadachd
2. Dè cho math 's a tha builean gan coileanadh airson luchd-ùidhe?	
2.1 Coimhearsnachdan air an cumhachdachadh	<ul style="list-style-type: none">• Gnìomhach agus a' libhrigeadh• Ion-ghabhailta agus làidir• Buadmhor agus co-ionann
2.2 Ionnsachadh fad-bheatha	<ul style="list-style-type: none">• Ag ionnsachadh aig gach ìre de bheatha• Ag ionnsachadh tarsainn nan ginealaichean• Ath-leumachd agus atharrachadh
2.3 A' toirt piseach air cothroman-beatha	<ul style="list-style-type: none">• Soirbheasach• Soirbheas airson a h-uile duine• Sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair
2.4 Buaidh air buidhnean a tha a' faighinn taic no maoinachadh no a tha air an coimiseanadh	<ul style="list-style-type: none">• Conaltradh agus leasachadh• Dùbhlàn agus gèilleadh• A' co-phàirteachadh agus a' cur ris

Rianachd agus Lìbhrigeadh

3. Dè cho math 's a tha seirbheisean air an stiùireadh?

3.1 Stiùireadh agus taic	<ul style="list-style-type: none">• Planadh obrachaidh• Conaltradh ri luchd-ùidhe• Luchd-obrach agus saor-thoilich
3.2 Ag obair ann an com-pàirteachas	<ul style="list-style-type: none">• A' leasachadh agus a' cumail suas• Co-lèirsinn, co-phlanadh agus co-luachadh• A' cur ri luach
3.3 Cleachdadh stòrasan ann an dòigh sheasmhach agus èifeachdach	<ul style="list-style-type: none">• Dealbhadh ionmhasail• Stiùireadh stòrasan agus eòlais• Gèilleadh

4 Dè cho math 's a tha lìbhrigeadh phrìomh sheirbheisean?

4.1 Lìbhrigeadh leasachadh coimhearsnachd	<ul style="list-style-type: none">• A' togail comais• Dàimhean èifeachdach• A' meudachadh buaidh
4.2 Lìbhrigeadh ionnsachadh coimhearsnachd	<ul style="list-style-type: none">• Dealbhadh agus lìbhrigeadh• Com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh• Cothroman air coileanadh agus adhartas a dhèanamh

Ceannardas agus Seòladh

5 Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas aig a h-uile ìre?

5.1 Lèirsinn, cultar agus seòladh	<ul style="list-style-type: none">• Lèirsinn, luachan is cuimsean• Cultar, ethos agus cothromas• A' treòrachadh atharrachadh
5.2 A' treòrachadh dhaoine agus a' leasachadh chom-pàirteachasan	<ul style="list-style-type: none">• Ceannardas aig a h-uile ìre• A' togail agus a' cumail feachd-obrach làidir• Co-chinneasachadh agus com-pàirteachasan
5.3 Riaghlachas airson bhòrd, chomataidhean stiùiridh, urrasairean	<ul style="list-style-type: none">• Co-dhèanamh agus dreuchd• Ceannardas• A' cumail sùil air gnothaichean agus leasachadh

6 Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas ann a bhith a' leasachadh bhuilean?

6.1 Ag àrdachadh inbhean	<ul style="list-style-type: none">• Riaghlachas• Reachdas agus poileasaidhean• A' coileanadh inbhean sheirbheisean agus rianachd chunnairt
6.2 A' dleasadh leasachaidhean	<ul style="list-style-type: none">• Dearbhadh Càileachd• Fèin-luachadh• Comas airson leasachadh

Na Slatan-tomhais Deaghn Ghnè

1. Dè cho math 's a tha an coileanadh againn a' nochdadh bhuidhean deimhinneach?

1.1 Coileanadh mu choinneimh chuimsean is targaidean

Tha an t-slat-tomhais seo a' dèiligeadh ri coileanadh mu choinneimh chuimsean is targaidean. Tha i a' coimhead air dè cho math 's a tha dàta air a thional, air anailiseachadh agus air a chleachdadh gus prìomhachasan a chomharrachadh agus a dhèanamh soilleir, sùil a chumail air adhartas agus seirbheisean a leasachadh. Tha i a' coimhead air dè cho math 's a tha fiosrachadh air coileanadh ga chleachdadh gus buaidhean deimhinneach a dhearbhadh agus a mheudachadh.

Cuspairean:

- Anailis agus cleachdadh dàta agus fiosrachaidh eile
- A' cumail sùil air adhartas
- Buidh air luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan

Sgead-dhealbh ìre 5:

Anailis agus cleachdadh dàta agus fiosrachaidh eile

Ann an dòigh eagarach, tha sinn a' tional, ag anailiseachadh agus a' cleachdadh dàta freagarrach agus fiosrachadh buntainneach eile glè mhath gus piseach a thoirt air seirbheisean agus buaidhean deimhinneach a dhearbhadh. Tha sinn a' cleachdadh prìomh fhiosrachadh gu h-èifeachdach gus feuman làithreach agus feuman a tha ag èirigh a chomharrachadh agus gus prìomhachasan is targaidean a stèidheachadh agus ath-bhreithneachadh. Tha sinn ag obair glè mhath le luchd-pàirt gus prìomh dhàta agus fiosrachadh eile a cho-phàirteachadh gus stiùireadh agus taic a thoirt do leasachadh. Tha tuigse làidir, cho-phàirtichte againn air dè an dàta is fiosrachadh eile a dh'fheumas sinn agus ciamar a thionail sinn e agus a nì sinn anailis air, gus an tuigse as fheàrr fhaotainn air a' choileanadh againn agus air mar a nì sinn measadh air feumalachd. Tha seo gar cuideachadh gus na stòrasan co-choitcheann againn a chuimseachadh gu h-èifeachdach gus dèanamh cinnteach gum faighear na builean as fheàrr arison luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan. Thathar a' cleachdadh fiosrachadh càileachdail, leithid fios air ais bho luchd-pàirt, luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan, còmhla ri dàta uimhireil, gus piseach a thoirt air planadh, cumail sùil air gnothaichean agus aithriseadh air adhartas.

A' cumail sùil air adhartas

Tha cuimsean is targaidean againn a tha soilleir, àrd-amasach agus a ghabhas coileanadh, agus tha iad fiosraichte le anailis agus cleachdadh fiosrachadh coileanaidh. Tha cha mhòr a h-uile neach-pàirt, neach-obrach agus saor-thoileach a' tuigsinn nan cuimsean is targaidean againn agus tha iad dealasach gan coileanadh. Tha sinn ag obair glè mhath le luchd-pàirt gus aithriseadh agus lèirmheas a dhèanamh gu cunbhalach air fiosrachadh coileanaidh, a tha a' taisbeanadh gu bheil sinn a' coileanadh cha mhòr a h-uile fear de na targaidean àrd-amasach a chuir sinn romhainn. Tha sinn a' comharrachadh solar a tha coimeasach don t-solar againn fhìn, agus ga chleachdadh gu cunbhalach mar

shlat-tomhais, gus an coileanadh againn a thuigsinn nas fheàrr agus a leasachadh. Tha tuigse làidir, cho-phàirtichte againn air dè cho math 's a tha sinn a' coileanadh nan cuimsean is targaidean againn, agus a' leasachadh treandaichean thairis air ùine. Tha sinn a' cleachdadh faisneis cho-phàirtichte glè mhath gus a' bhuaidh a thig bho CLD aithreiseadh ri luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan. Tha sinn a' cumail sùil gu h-èifeachdach air dè cho math 's a tha sinn a' dèiligeadh ri atharrachadh, a' gabhail a-steach tachartasan ris nach robh fiughair. Tha na pròiseasan seo a' cuideachadh gus neart a thoirt don chomas againn a bhith a' freagarrachadh agus a' freagairt ri feumalachdan atharrachail ann an deagh àm.

Buaidh air luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan

Tha am fiosrachadh coileanaidh againn a' sealltainn gu bheil builean a' fàs nas fheàrr airson cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh, buidheann is coimhearsnachd leis am bi sinn ag obair. Tha sinn a' dèanamh lèirmheas, ann an dòigh eagarach, air faisneis mu dheidhinn na tha luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachd air choileanadh. Tha sinn a' cleachdadh na faisneise seo gus stiùireadh a thoirt do phrìomhachasan agus airson ro-phlanadh gus taic a thoirt dhaibh. Tha sinn a' cumail sùil air adhartas a h-uile neach-ionnsachaidh, agus ga chlàradh, agus tha sinn a' cleachdadh an dàta seo gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh air chor 's gum faod iad a bhith ag obair a dh'ionnsaigh nan ath cheumannan aca agus a bhith a' comharrachadh na tha iad air choileanadh. Is urrainn dhuinn dearbhadh dè cho math 's a tha an obair againn a' togail ath-leumachd is comas coimhearsnachd agus a' meudachadh calpa sòisealta. Tha faisneis làidir againn a tha a' sealltainn gu bheil sinn èifeachdach ann a bhith a' toirt taic do chumachdachadh choimhearsnachdan agus na guthan aca, agus a' dèanamh agus a' cumail suas atharrachaidhean deimhinneach thairis air ùine. Tha am fiosrachadh coileanaidh againn a' dearbhadh gu bheil an obair againn a' cur ri lùghdachadh a thoirt gu buil ann an neo-ionannachdan leantalach is siostamach a bhios a' toirt buaidh air luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho eagarach agus dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh dàta is fiosrachadh eile, a' gabhail a-steach fios air ais bho luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan, rannsachadh agus aithisgean eile, gus feuman làithreach agus feuman a tha ag èirigh a chomharrachadh agus gus stiùireadh a thoirt don phlanadh airson leasachadh againn?
2. Dè cho math 's a tha sinn a' comharrachadh agus a' cleachdadh fiosrachadh freagarrach is buntainneach gus ar comasachadh a bhith a' dèanamh anailis air a' choileanadh againn agus sùil a chumail air an adhartas againn thairis air ùine?
3. Dè cho math 's a tha sinn ag obair le luchd-pàirt gus fiosrachadh coileanaidh co-phàirtichte a chomharrachadh agus a chur gu feum san dòigh as fheàrr a ghabhas dèanamh gus stiùireadh a thoirt do phlanadh airson leasachadh agus riarachadh stòrasan?

4. Dè an ìre 's gu bheil targaidean is cuimsean againn a tha fiosraichte, soilleir, àrd-amasach agus a ghabhas coileanadh?
 5. Dè cho math 's a tha luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt a' tuigsinn agus ag obair a dh'ionnsaigh coileanadh nan targaidean is cuimsean againn?
 6. Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh shlatan-tomhais agus treandaichean thairis air ùine gus sùil a chumail air a' bhuidhe a thig bho na cleachdaidhean agus planadh airson leasachadh againn?
 7. Dè cho math 's a tha sinn ag aithris, a' tionail fios air ais agus a' co-phàirteachadh anailis air a' choileanadh againn le luchd-ùidhe?
 8. Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh dàta gus stiùireadh a thoirt do, agus planadh a dhèanamh air, na h-ath-cheumannan airson luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan?
 9. Dè cho math 's a tha sinn a' coileanadh prìomh phrìomhachasan airson ionnsachadh, leithid lùghdachadh na beàrn buileachaidh a tha ceangailte ri bochdainn?
 10. Dè cho math 's a tha am fiosrachadh coileanaidh againn a' dearbhadh gu bheil na coimhearsnachdan ris a bheil sinn a' toirt taic a' leasachadh, a' dèanamh adhartas agus a' comharrachadh fheumalachdan agus a' cumail suas atharrachaidhean deimhinneach thairis air ùine?
 11. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' cleachdadh fiosrachadh coileanaidh gus tuigsinn agus dearbhadh gu bheil an obair againn a' cur ri lùghdachadh a thoirt gu buil ann an neo-ionannachdan leantail is sìostamach a bhios a' toirt buaidh air luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan?
 12. San fharsaingeachd, dè cho math 's is urrainn dhuinn dearbhadh dè a' bhuidhe cho-choitcheann a thig bhon obair againn air luchd-ionnsachaidh, buidhnean, coimhearsnachdan agus an sgìre nas fharsainge?
-

1. Dè cho math 's a tha an coileanadh againn a' dearbhadh bhuidhean deimhinneach?

1.2 Leasachaidhean ann an co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd

Tha an t-slat-tomhais seo a' dèiligeadh ri mar a tha na modhan-obrach againn airson cothrom agus in-ghabhaltachd a' toirt piseach air cothroman-beatha. Tha i a' toirt fa-near na ceuman a tha sinn a' gabhail gus neo-ionannachdan leanaltach is siostamach, agus cnapan-starra gu com-pàirteachadh is adhartas, a shàr-mhineachadh agus a lùghdachadh. Tha i a' coimhead air dè cho math 's a tha sinn a' cur air adhart cothromachd, cothromas, co-ionannachd agus iomadachd, agus cur an aghaidh leth-bhreith.

Cuspairean:

- Cothrom agus in-ghabhaltachd
- A' lùghdachadh chnapan-starra agus neo-ionannachdan
- Cothromachd, co-ionannachd agus iomadachd

Sgead-dhealbh ìre 5:

Cothrom agus in-ghabhaltachd

Tha ethos làidir de chothrom agus in-ghabhaltachd air fhisge a-steach ann an cultar na buidhne againn aig a h-uile ìre, agus tha seo air a chomharrachadh sa chleachdadh againn. Thathar a' toirt spèis do luchd-pàirteachaidh is a' dèiligeadh riutha gu cothromach, agus tha iadsan eòlach air na còirichean aca agus thathar a' toirt meas dhaibh. Tha modhan-obrach againn a thaobh in-ghabhaltachd agus lùghdachadh neo-ionannachdan a tha làidir, soilleir is èifeachdach. Tha buidhnean coimhearsnachd dom bi sinn a' toirt taic comasach air dearbhadh dè cho math 's a tha iad a' freagairt ri neo-ionannachdan agus gan lùghdachadh. Mar thoradh air sin, tha sinn a' meudachadh nan cothroman-beatha airson cha mhòr a h-uile neach-phàirteachaidh, gu h-àraid an fheadhainn a tha fon ana-cothrom as motha. Tha sinn air siostaman èifeachdach a stèidheachadh gus sùil a chumail, agus measadh a dhèanamh, air na modhan-obrach againn a thaobh cothrom agus in-ghabhaltachd. Tha iad a' dearbhadh gu bheil na cleachdaidhean againn cothromach agus ion-ghabhalta. Tha sinn gu cunbhalach a' sireadh, agus a' cur an gnìomh, fios air ais bho luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach bho bhuidhnean iomallaichte. Tha sinn ag ionnsachadh bho fhèin-fhiosrachaidhean luchd-pàirteachaidh gus piseach a thoirt air na modhan-obrach againn agus air a' bhuidhe againn.

A' lùghdachadh chnapan-starra agus neo-ionannachdan

Tha sinn for-ghnìomhach ann a bhith a' comharrachadh, agus a' feuchainn ri a' chùis a dhèanamh air, cnapan-starra gu com-pàirteachadh, ionnsachadh, coileanadh agus adhartas airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan. Is

urrainn dhuinn dearbhadh dè cho math 's a tha sinn a' cur ri lùghdachadh neo-ionannachdan leanaltach is siostamach, a' gabhail a-steach na droch bhuidhean a thig bho bhochdainn. Thathar air cnapan-starra gu com-pàirteachadh a lùghdachadh gu ìre bhrìgheil a thaobh dhiofaran sòisealta, cultarach is eaconamach agus dhaibhsan aig a bheil feartan dìonta. Is urrainn dhuinn dearbhadh gu bheil an àireamh de luchd-pàirteachaidh bho bhuidhnean no coimhearsnachdan fo-riochdaichte a' dol am meud. Tha sinn ag obair gu math le luchd-pàirt gus cnapan-starra a chomharrachadh, a' gabhail a-steach cleachdadh Measaidhean Buaidh air Co-ionannachd, agus tha sinn a' toirt modh-obrach co-obrachail air in-ghabhaltachd. Tha sinn a' solarachadh taic a bharrachd, a tha cuimsichte gu math, gus feumalachdan sònraichte agus feumalachdan dhaoine fa leth a choileanadh, le bhith a' cleachdadh stòrasan co-phàirtichte gu math air chor 's gum bi sinn a' lùghdachadh chnapan-starra agus a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan.

Cothromachd, co-ionannachd agus iomadachd

Tha sinn gu cunbhalach a' cur air adhart cultar cothromachd agus tha sinn a' gèilleadh ri reachdas iomchaidh air co-ionannachdan. Tha sinn a' tuigsinn, a' luachadh agus a' comharrachadh iomadachd shòisealta is chultarach. Tha sinn a' feuchainn gu for-ghnìomhach ri dùbhlain a thoirt do chlaon-bhreith is cleachdaidhean leth-bhreitheach, gan lùghdachadh, agus a' cur air adhart co-ionannachd cothroman. Tha an curraicealam againn a' cuideachadh gus taic a thoirt do cho-ionannachd, agus tha e a' brosnachadh dhàimhean matha. Tha a h-uile neach-obrach is saor-thoileach soilleir mu dheidhinn an cuid dhleastanasan a thaobh cothromachd, co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd, agus tha seo follaiseach ann an cleachdadh. Tha sinn for-ghnìomhach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil buidhnean is structaran co-dhùnaidh a' gabhail a-steach riochdairean bho gach raon de na coimhearsnachdan ris am bi iad a' frithealadh. Tha sinn a' luachadh agus ag ionnsachadh bho na fèin-fhiosrachaidhean aca agus a' cleachdadh seo gus dèanamh cinnteach gu bheil an obair againn a' dèiligeadh ri cnapan-starra agus mì-chothrom. Mar thoradh air sin, is urrainn dhuinn dearbhadh gu bheil an solar againn a' coileanadh feumalachdan an luchd-ionnsachaidh is nan coimhearsnachdan a tha sinn a' cuideachadh.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil an ethos làidir againn air cothrom agus in-ghabhaltachd air fìghe a-steach ann an cultar na buidhne aig a h-uile ìre?
2. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt spèis don h-uile neach-phàirteachaidh againn, gu bheilear a' dèiligeadh riutha gu cothromach, gu bheil iadsan eòlach air na còirichean aca agus gu bheil sinne a' cur luach orra?
3. Dè cho soirbheachail 's a tha sinn a' toirt air falbh cnapan-starra gu cothrom is com-pàirteachadh agus a' cumail sùil air na modhan-obrach againn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad èifeachdach ann a bhith a' lùghdachadh chnapan-starra gu com-pàirteachadh?

4. Dè cho math 's a bhios sinn ag èisteachd ri, ag ionnsachadh bho agus a' leantainn air na fèin-fhiosrachaidhean de fhèin-aithne, agus a' bhuidh a tha aig sin, airson luchd-ionnsachaidh, coimhearsnachdan agus luchd-ùidhe eile gus stiùireadh a thoirt do na dòighean-obrach againn?
 5. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' gabhail cheuman deimhinneach gus a' chùis a dhèanamh air na cnapan-starra structarach is siostamach gu ionnsachadh, coileanadh agus adhartas airson a h-uile neach-ionnsachaidh is coimhearsnachd?
 6. Dè an ìre as urrainn dhuinn fianais a chur air adhart gu bheil cothroman-beatha airson luchd-ionnsachaidh air a dhol am meud?
 7. Dè cho soirbheachail 's a tha sinn a' cleachdadh Measaidhean Buidh air Co-ionannachd, agus far a bheil e iomchaidh Measaidhean Buidh air Coimhearsnachdan Eileanach, còmhla ri prìomh luchd-pàirt gus taic a thoirt do dh'obair gus neo-ionannachdan leanaltach a lùghdachadh?
 8. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh planadh air, ag obair air agus a' dèanamh measadh air na stòrasan is faisneis againn, agus gan co-phàirteachadh ri luchd-pàirt, air chor 's gun ruig sinn an fheadhainn a tha a' fulang nam buaidhean as miosa bho neo-ionannachdan leanaltach?
 9. Ciamar a tha fios againn, agus ciamar a tha sinn an uair sin a' dèanamh cinnteach, gu bheil sinn ann an dòigh eagarach a' cur air adhart agus a' luachadh cothromachd, co-ionannachd agus iomadachd agus a' cur an aghaidh claon-bhreith agus leth-bhreith?
 10. Dè cho math 's a tha na planaichean ro-innleachdail, gnothachais agus obrachaidh againn a' fighe a-steach cothromachd, co-ionannachd agus iomadachd anns a h-uile taobh den obair againn?
 11. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na buidhnean is structaran a tha a' dèanamh cho-dhùnaidhean gu buileach a' riochdachadh dhaoine air a bheil buaidh aig neo-ionannachdan leanaltach is siostamach, a' gabhail a-steach iadsan aig a bheil feartan dìonta?
 12. Dè cho math 's a tha sinn a' coileanadh nan riatanasan againn a bhith for-ghnìomhach ann a bhith ag obair a dh'ionnsaigh cur às dha leth-bhreith is claon-bhreith, gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-pàirteachaidh soilleir mu dheidhinn nan còirichean agus làn-chòraichean aca, agus gus co-ionannachd chothroman adhartachadh?
-

2. Dè cho math 's a tha builean gan coileanadh airson luchd-ùidhe?

2.1 Coimhearsnachdan air an cumhachdachadh

Tha an t-slat-tomhais seo a' coimhead air dè cho làidir, gnìomhach agus ion-ghabhailta 's a tha coimhearsnachdan de dh'ùidh is de chruinn-eòlas. Tha i a' toirt fa-near an diofar a tha saor-thoilich agus buidhnean coimhearsnachd a' dèanamh. Tha i cuideachd a' coimhead air dè cho buadhach 's a tha coimhearsnachdan agus air dè cho co-ionann 's a tha na com-pàirteachasan aca ri seirbheisean eile.

Cuspairean:

- Gnìomhach agus a' libhrigeadh
- Ion-ghabhailta agus làidir
- Buadmhor agus co-ionann

Sgead-dhealbh ìre 5:

Gnìomhach agus a' libhrigeadh

Air feadh ar coimhearsnachdan, tha saor-thoilich agus buidhnean coimhearsnachd a' libhrigeadh sheirbheisean a tha a' toirt piseach air beathannan agus a' coileanadh fheumalachdan sòisealta, cultarach, àrainneachdail agus foghlamach. Tha ceannardan coimhearsnachd, luchd-iomairt agus buidhnean àrd-amasach airson nan coimhearsnachdan aca. Tha iad for-ghnìomhach ann a bhith ag obair le prìomh luchd-pàirt gus cùisean sna coimhearsnachdan aca a chomharrachadh agus ann a bhith a' dèiligeadh riutha. Mar thoradh air an obair aca, tha iadsan a tha fo ana-cothrom bho atharrachaidhean cudromach sa chomann shòisealta nas comasaich air pàirt a ghabhail sna coimhearsnachdan aca agus adhartas a dhèanamh nam beathannan. Tha saor-thoilich a' manaidseadh so-mhaoinean gu math, a' cumail suas solarachd agus a' ruith ghoireasan coimhearsnachd gu h-èifeachdach. Tha ìre àrd de shaor-thoileachas am measg dhaoine den h-uile aois, a' gabhail a-steach òigridh agus an fheadhainn ann an cunnart a bhith air an cumail a-mach. Tha saor-thoilich misneachail, sgileil agus dealasach. Tha an cur a-steach air aithneachadh, air a luachadh agus air a chomharrachadh gu cunbhalach.

Ion-ghabhailta agus làidir

Tha a' choimhearsnachd againn ion-ghabhailta, co-sheasmhach, ath-leumach agus làidir. Tha faireachdainn shoilleir aig buill coimhearsnachd gu bheil iad a' buntainn ris a' choimhearsnachd agus tha iad a' sìor-fhàs moiteil aiste. Tha buidhnean, comainn agus ceannardan sa choimhearsnachd ag aithneachadh gu bheil coimhearsnachdan eugsamhail is iomadach agus gur ann ainneamh a bhios iad a' bruidhinn gu h-aon-ghuthach. Tha iad ag obair gu math còmhla ri chèile agus ri luchd-pàirt gus dèanamh cinnteach gu bheil cha mhòr a h-uile raon sa choimhearsnachd air a ghabhail a-steach agus air a riochdachadh. Tha na modhan-obrach airson co-chomhairleachadh, conaltradh agus gabhail pàirt uile ion-ghabhailta. Tha luchd-pàirteachaidh ann am prògraman coimhearsnachd ag aithris gun do dh'fhairich iad gu bheil iad air an luachadh agus gu bheil a' cur fàilte orra, agus 's e am fèin-fhiosrachadh gu bheil a' toirt meas do an

còirichean. Tha lìonraidhean coimhearsnachd ion-ghabhailta agus leasaichte gu math, agus tha iad a' fiosrachadh agus a' toirt taic do leasachadh. Barrachd is barrachd, tha com-phàirteachasan co-ionann eadar buidhnean saor-thoileach agus seirbheisean poblach a' cuideachadh gus builean a leasachadh, a neartachadh, a chumail suas agus a dhèanamh nas fheàrr airson bhall coimhearsnachd.

Buadhmhor agus co-ionann

Tha buaidh aig buill coimhearsnachd, gach cuid coimhearsnachdan de sgìrean cruinn-eòlach agus coimhearsnachdan de dh'ùidh, air co-dhùnaidhean a tha a' bualadh air na coimhearsnachdan aca. Is urrainn do riochdairean coimhearsnachd is bhuidhnean dearbhadh mar a tha iad air buaidh a thoirt air atharrachadh agus leasachadh mar thoradh air a' chur a-steach a rinn iad. Tha buill coimhearsnachd misneachail a bhith a' co-phàirteachadh an cuid eòlais is fèin-fhiosrachaidh gus stiùireadh a thoirt air leasachaidhean ionadail, roinneil is nàiseanta mar a tha iomchaidh. Tha seirbheisean poblach a' sìor-obair le buidhnean coimhearsnachd gus prìomhachasan co-phàirtichte a chomharrachadh agus aontachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh air mar a chleachdar stòrasan agus seirbheisean a cho-dhealbhadh agus a libhrigeadh. Tha riochdairean coimhearsnachd air an luachadh mar luchd-pàirt co-ionann aig a h-uile ìre de phlanadh coimhearsnachd is planadh ionadail. Mar thoradh air sin, barrachd is barrachd tha planadh coimhearsnachd comasach air prìomh phrìomhachasan a chomharrachadh agus dèiligeadh riutha.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè an ìre de shaor-thoileachas a tha ann sa choimhearsnachd againn?
2. A bheil saor-thoilich riochdalach air iomadachd na coimhearsnachd?
3. Dè cho math 's a thathar ag aithneachadh agus a' comharrachadh na tha saor-thoilich is buidhnean coimhearsnachd a' cur a-steach?
4. Dè cho math 's a tha buidhnean coimhearsnachd a' freagairt ri agus a' dèiligeadh ri cùisean ionadail?
5. Ciamar a tha fios againn gu bheil sinn a' comharrachadh agus a' toirt taic dhaibhsan a tha air an iomallachadh no ann an cunnart a bhith air leth sa choimhearsnachd againn?
6. Dè cho làidir 's a tha an fhaireachdainn am measg bhall coimhearsnachd gu bheil iad a' buntainn ris a' choimhearsnachd aca agus gu bheil moit aca aiste.
7. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do bhuill coimhearsnachd a bhith a' faireachdainn an sàs ann an gnothaichean agus a' gabhail pàirt annta?
8. Dè cho èifeachdach is cho ion-ghabhailta 's a tha na lìonraidhean taobh a-staigh na coimhearsnachd againn, agus dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic dhaibh?

9. Dè cho buadhmhor 's a tha buidhnean coimhearsnachd agus luchd-iomairt a tha an sàs ann an structaran is pròiseasan co-dhùnaidh?
 10. Ciamar a tha fios againn gu bheil com-pàirteachadh coimhearsnachd a' toirt stùireadh do agus buaidh air atharrachadh deimhinneach?
 11. Dè cho leasaichte is co-ionann 's a tha na com-pàirteachasan eadar buidhnean coimhearsnachd, seirbheisean poblach agus buidhnean an treas raoin?
 12. Dè cho èifeachdach 's a tha luchd-pàirt a' gabhail a-steach riochdairean bho choimhearsnachdan de dh'ùidh ann an co-dhùnaidhean a bhios a' toirt buaidh air am beathannan?
-

2. Dè cho math 's a tha builean gan coileanadh airson luchd-ùidhe?

2.2 Ionnsachadh fad-bheatha

Tha an t-slat-tomhais seo a' dèiligeadh ris an ìre 's a tha luchd-pàirteachaidh ann am prògraman CLD ag ionnsachadh aig gach ìre de am beathannan. Tha i cuideachd a' toirt fa-near dè cho èifeachdach 's a tha taic CLD a' coileanadh feumalachdan luchd-pàirteachaidh thar nan ginealaichean. Tha i a' dèiligeadh ri dè cho èifeachdach 's a tha ionnsachadh coimhearsnachd a' comasachadh luchd-pàirteachaidh a bhith a' dèiligeadh ri atharrachadh taobh a-staigh am beathannan, an coimhearsnachdan agus sa chomann shòisealta.

Cuspairean:

- Ag ionnsachadh aig gach ìre de bheatha
- Ag ionnsachadh tarsainn nan ginealaichean
- Ath-leumachd agus atharrachadh

Sgead-dhealbh ìre 5:

Ag ionnsachadh aig gach ìre de bheatha

Tha an t-ionnsachadh a tha sinn a' tairgsinn airson gach ìre de bheatha de dh'àrd-chàileachd agus stèidhte air feuman is àrd-mhiannan an luchd-ionnsachaidh. Tro chom-pàirteachas sna prògraman obair-òigridh againn, tha cha mhòr a h-uile pàiste is duine òg nas misneachail, tha barrachd ath-leumachd aca agus tha iad a' faighinn eòlas agus sgilean a dh'fhaodas iad cur an gnìomh ann an co-theacsaichean nas fharsainge. Tha iad nas comsaiche air beachdachadh air agus a' dèiligeadh ri cunnart, dèanamh cho-dhùnaidhean reusanta agus faighinn smachd air am beathannan. Tha luchd-ionnsachaidh inbhich a' faighinn eòlas is sgilean a tha a' freagairt ri an ùidhean, amasan is àrd-mhiannan. Tha cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh inbhich a' coileanadh an amasan ionnsachaidh. Tha a' mhòr-chuid de luchd-ionnsachaidh inbhich a' dèanamh adhartais gu ionnsachadh a bharrachd, trèanadh, saor-thoileachas no sna h-amasan cosnaidh aca. Tha luchd-ionnsachaidh inbhich a tha cheana air an dreuchd a leigeil dhiubh, no nach eil comasach air obair idir, a' gabhail pàirt agus an sàs sa ghnothach, agus tha iad a' faighinn taic mhath gus dùbhlain a choileanadh nam beathannan agus a bhith a' dèiligeadh riutha.

Ag ionnsachadh tarsainn nan ginealaichean

Tha na prògraman ionnsachaidh eadar-ghinealach againn a' cuideachadh ann a bhith a' cur an aghaidh ghnàth-sheòrsan agus a' toirt chnapan-starra gu in-ghabhaltachd air falbh tro bhith a' luachadh cur a-steach bhon a h-uile duine. Mar thoradh air sin, tha na coimhearsnachdan againn nas treasa agus soirbheasach. Tha luchd-pàirteachaidh den h-uile aois ag ionnsachadh bho chàch a chèile agus misneachail ann a bhith a' sireadh cobhair bho chàch a chèile. Tha luchd-pàirteachaidh a' toirt spèis do, agus a' cur meas air, eòlas, cànanan, sgilean agus fèin-fhiosrachaidhean nan diofar ghinealaichean agus tha iad a' faicinn luach ann

a bhith a' co-phàirteachadh an fhèin-fhiosrachaidh aca fhèin. Tha an obair againn le teaghlaichean a' togail misneachd phàrantan is luchd-cùraim gus taic a thoirt do ionnsachadh is leasachadh an cuid chloinne. Tha cha mhòr a h-uile neach-pàirteachaidh a' gabhail com-pàirt ghnìomhach agus a' coileanadh phrògraman far a bheil sin iomchaidh. Tha na prògraman ionnsachaidh teaghlaich againn a' comasachadh phàrantan, luchd-cùraim, clann agus daoine òga ann an leithid a dhòigh 's gu bheil e a' còrdadh riutha a bhith ag ionnsachadh còmhla agus a bhith a' coileanadh an amasan.

Ath-leumachd agus atharrachadh

Tha an tairgse CLD againn a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh den h-uile aois agus aig gach ìre de bheatha a bhith gam freagarrachadh ri atharrachaidhean ann am beathannan, an coimhearsnachdan agus sa chomann shòisealta. Tha barrachd ath-leumachd aig cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh agus tha iad nas comasaiche air dèiligeadh ri atharrachadh mar thoradh air pàirt a ghabhail ann an cothroman CLD a bha air an deagh dhealbhadh agus air an deagh libhrigeadh. Tha luchd-ionnsachaidh ag aithris gu bheil iad a' faighinn dùbhlain is taic, a tha iomchaidh is tìmeil, gus an comasachadh a bhith a' dèanamh atharrachaidhean nam beathannan fhèin agus gam freagarrachadh fhèin gu bhith a' freagairt ri atharrachadh bhon taobh a-muigh. Tha fianais shoilleir againn gu bheil iadsan a tha fo ana-cothrom no air an dèanamh so-leònta le atharrachaidhean brìgheil aig ìre ionadail, nàiseanta no eadar-nàiseanta a' sìor-fhàs comasach air pàirt a ghabhail agus adhartas a dhèanamh mar thoradh air eadar-theachdan CLD. Tha com-pàirteachadh ann an gnìomhachdan agus prògraman a' toirt taic do dhaoine de gach aois a tha a' fìdreadh eadar-ghluasad no atharrachadh air chor 's gum bi iad a' faireachdainn gu bheil barrachd ath-leumachd aca agus gu bheil iad nas misneachail.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho math 's a tha an tairgse ionnsachaidh againn airson clann, daoine òga, inbhich agus teaghlaichean stèidhte air am feumalachdan is ùidhean?
2. A bheil clann, daoine òga agus inbhich comasach air an cuid ionnsachaidh a chur an gnìomh ann an co-theacsaichean eile?
3. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil prògraman ionnsachaidh sàbhailte agus gu bheil luchd-pàirteachaidh a' faireachainn gu bheil iad air an gabhail a-steach agus gu bheil meas ga thoirt dhaibh?
4. Cia mheud am measg an luchd-ionnsachaidh againn a tha a' coileanadh an amasan comharraichte?
5. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh solar airson dhaoine de gach aois is ìre bheatha a bhith ag ionnsachadh, a' coileanadh agus a' leasachadh an sgilean?
6. A bheil na prògraman teaghlaich againn ag amas air teaghlaichean bho raon de chùl-raointean sòisealta, cànanach agus cultarach?

7. Dè cho math 's a tha na prògraman ionnsachaidh eadar-ghinealach againn a' toirt taic do luchd-pàirteachaidh de gach aois gu bhith ag ionnsachadh bho chàch a chèile?
 8. Dè cho math 's a tha na prògraman ionnsachaidh againn a' toirt taic do luchd-pàirteachaidh gus cultar na sgìre a chumail, leithid cumail suas na Gàidhlig?
 9. Dè cho math 's a tha na prògraman ionnsachaidh againn a' comasachadh luchd-pàirteachaidh gu bhith a' tuigsinn agus a' dol an sàs ann am prògraman ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta, leithid nam prògraman a tha co-cheangailte ri Ionnsachadh airson So-sheasmhachd?
 10. Dè cho math 's a tha sinn ag aithneachadh, a' luachadh agus a' comharrachadh coileanaidhean na cloinne, dhaoine òga, inbheach agus theaghlaichean?
 11. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh de gach aois air chor 's gum bi barrachd ath-leumachd aca agus gum bi iad a' dèiligeadh ri atharrachadh?
 12. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil cnapan-starra gu com-pàirteachadh gan comharrachadh agus gan lùghdachadh?
 13. Dè cho misneachail 's a tha sinn gu bheil luchd-pàirteachaidh a tha a' fìdreadh eadar-ghluasadan nas misneachail agus nas comasaiche?
-

2. Dè cho math 's a tha builean gan coileanadh airson luchd-ùidhe?

2.3 A' toirt piseach air cothroman-beatha

Tha an t-slat-tomhais seo a' dèiligeadh ris an ìre gu bheil an tairgse CLD againn a' toirt piseach air na cothroman-beatha aig daoine fa leth, buidhnean is coimhearsnachdan. Tha i a' coimhead air dè cho math 's a tha luchd-ionnsachaidh a' faighinn taic a bhith soirbheasach. Tha i a' dèiligeadh ri builean tro stèidhean-amhairc inghabhaltachd agus lùghdachadh chnapan-starra sòiseo-eaconamach. Tha i a' coimhead air dè cho math 's a tha luchd-pàirteachaidh a' dèanamh adhartas, a' soirbheachadh agus a' cosnadh sgilean beatha.

Cuspairean:

- Soirbheasach
- Soirbheas airson a h-uile duine
- Sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair

Sgead-dhealbh ìre 5:

Soirbheasach

Tha an tairgse CLD againn a' meudachadh sunnd sòisealta, faireachail is corporra luchd-pàirteachaidh, agus tha i a' toirt taic do cha mhòr a h-uile neach-pàirteachaidh agus coimhearsnachd a bhith soirbheasach. Tha luchd-ionnsachaidh ag aithris gu bheil iad a' faireachdainn sàbhailte agus gu bheilear gan gabhail a-steach. Thathar a' cur meas air, agus a' toirt taic do, na còrichean aca. Tha iadsan a tha a' fulang mì-shlainte no a tha fo ana-cothrom a' gabhail pàirt agus a' coileanadh an amasan cho math 's a tha luchd-ionnsachaidh eile. Tha ro-innleachdan tràth-thaic agus ro-chasg gan cleachdadh gu h-èifeachdach gus feuman a tha ag èirigh a chomharrachadh agus a choileanadh agus gus cunnartan leithid iomallachd agus aonaranachd a lùghdachadh. Tha libhrigeadh phrògraman ionnsachaidh cha mhòr daonnan a' freagairt ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh. Tha luchd-ionnsachaidh a' cur romhpa amasan soilleir airson an cuid ionnsachaidh, agus tha iad a' faighinn taic mhath gus an coileanadh. Tha coileanaidhean luchd-ionnsachaidh air an aithneachadh agus air an comharrachadh agus, far a bheil e iomchaidh, air an creideasachadh. Tha builean airson cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh a' dol am feabhas, agus tha seo na atharrachadh-beatha airson mòran agus na shàbhaladh-beatha airson cuid.

Soirbheas airson a h-uile duine

Chan eil suidheachaidhean sòiseo-eaconamach nam ball coimhearsnachd na chnap-starra gu com-pàirteachadh ann an gnìomhachdan CLD. Tha sinn for-ghnìomhach ann a bhith ag obair le luchd-pàirt, coimhearsnachdan agus luchd-ionnsachaidh gus cnapan-starra gu com-pàirteachadh a lùghdachadh no a thoirt air falbh. Mar thoradh air sin, airson na feadhainn a tha a' fuireach ann an coimhearsnachdan agus suidheachaidhean a tha fon ana-chothrom as motha, tha buileachaidhean is coileanaidhean ag èirigh. Tha iad a' sìor-shoirbheachadh aig

reat a tha coltach ris na tha acasan nach bi a' cur aghaidh air an uimhir de chnapan-starra. Tha sinn ag obair gu h-èifeachdach le luchd-pàirt gus neo-ionannachdan is ana-cothrom leanaltach agus siostamach a lùghdachadh, a' gabhail a-steach obair gus a' bheàrn coileanaidh is buileachaidh a tha ceangailte ri bochdainn a lùghdachadh. Tha na prògraman againn air an deagh amasadh, agus tha iad a' toirt taic do dh'oidhirpean soirbheachail gus coimhearsnachdan ann an sgìrean ana-cothruim a chumhachdachadh agus ath-bheòthachadh. Tha seo a' neartachadh choimhearsnachdan agus a' lùghdachadh droch bhuaidhean air daoine fa leth, teaghlaichean agus coimhearsnachdan.

Sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair

Tha cha mhòr a h-uile neach-pàirteachaidh sna prògraman againn a' faighinn eòlas is sgilean ùra a tha a' coileanadh an àrd-mhiannan agus feumalachdan. Tha cha mhòr a h-uile gin dhiubhsan aig a bheil feumalachdan sònraichte, leithid na feadhainn a tha a' sireadh cosnadh, a' faighinn an eòlais, sgilean is misneach a tha a dhìth orra airson adhartas a dhèanamh. Thathar a' toirt taic dhaibh gu h-èifeachdach air chor 's gum bi iad a' tuigsinn an cuid sgilean is comasan, agus tha am misneach a' sìor-dhol am meud gus na sgilean is comasan aca a chur an gnìomh ann an diofar shuidheachaidhean. Tha luchd-pàirteachaidh nas comasaiche ann a bhith a' cleachdadh an cuid eòlais is sgilean gus buileachadh, coileanadh is soirbheachadh fhaighinn nam beathannan agus a bhith a' cur ri agus a' neartachadh nan coimhearsnachdan aca. Tha luchd-ionnsachaidh a' gluasad gu furasta eadar solaraichean, a' cleachdadh shlighean ionnsachaidh a tha air an deagh leasachadh, gus cothrom a ghabhail air na cothroman as freagarraiche airson nan amasan ionnsachaidh aca. Mar thoradh air sin, tha iad a' dèanamh adhartas gu math a dh'ionnsaigh an àrd-amasan.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho math 's a tha an tairgse CLD againn a' cur ri sunnd corporra, sòisealta agus/no faireachail an luchd-phàirteachaidh?
2. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do in-ghabhaltas, a' cur an aghaidh leth-bhreith, a' comharrachadh chànanan is iomadachd agus a' toirt air falbh cnapan-starra gu ionnsachadh is com-pàirteachadh ann an leasachadh coimhearsnachd?
3. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh de gach aois gus na còirichean daonna aca a thuigsinn?
4. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do chlann is daoine òga gus na còirichean aca a thuigsinn mar a gheibhear ann an Cunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean na Cloinne (UNCRC)?
5. Dè cho math 's a tha iadsan a tha fo ana-cothrom no air an dèanamh so-leònta leis a' chomann shòisealta comasach air pàirt a ghabhail agus mar sin adhartas a dhèanamh?

6. Dè cho math 's a tha an ro-innleachd tràth-thaice againn agus an ro-innleachd caisg againn a' coileanadh feumalachdan dhaoine agus choimhearsnachdan?
 7. Dè cho math 's a tha sinn a' cuideachadh agus a' comasachadh nan daoine a tha a' fuireach ann an suidheachaidhean no coimhearsnachdan fon ana-cothrom as motha gus coileanadh a ruigsinn a ghabhas coimeasachadh ris na bhios iadsan a tha a' fuireach anns na coimhearsnachdan fon ana-cothrom as lugha a' ruigsinn?
 8. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ag obair le luchd-pàirt ann a bhith a' dèiligeadh ri cnapan-starra gu com-pàirteachadh?
 9. Dè cho math 's a tha sinn a' gabhail a-steach luchd-pàirteachaidh ann an co-dhùnidhean air an cuid ionnsachaidh, bheathannan agus choimhearsnachdan?
 10. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ag obair le sgoiltean agus solaraichean eile gus dèanamh cinnteach gum faigh clann is daoine òga cothrom air an taic a dh'fheumas iad gus coileanadh agus adhartas a dhèanamh?
 11. Ciamar a tha fios againn gu bheil clann, daoine òga agus inbhich a' faighinn sgilean airson ionnsachadh, beatha agus obair?
 12. Dè cho math 's a tha luchd-ionnsachaidh a' faighinn cothrom air slighean ionnsachaidh a bhios a' toirt taic dhaibh gus na h-amasan ionnsachaidh aca a choileanadh?
 13. Dè thathar air stèidheachadh gus measadh a dhèanamh air a' bhuidh a thig air coimhearsnachdan mar thoradh air luchd-ionnsachaidh a' dèanamh adhartas sna h-amasan aca?
-

2. Dè cho math 's a tha builean gan coileanadh airson luchd-ùidhe?

2.4 Buaidh air buidhnean a tha a' faighinn taic no maoinachadh no a tha air an coimiseanadh

Tha an t-slat-tomhais seo a' dèiligeadh ris a' bhuidhnean a tha aig buidhnean eadar-mheadhanach, aig os-eagrachasan, aig buidhnean ballrachd agus acasan a bhios a' coimiseanadh bhuidhean eile gus seirbheisean CLD a libhrigeadh. Tha seo a' gabhail a-steach an comas a tha aig buidhnean a tha a' faighinn taic gu bhith a' toirt bhuidhean deimhinneach agus seasmhach air beathannan nan daoine is coimhearsnachdan leis am bi iad ag obair.

Cuspairean:

- Conaltradh agus leasachadh
- Dùbhlann agus gèilleadh
- A' co-phàirteachadh agus a' cur ris

Sgead-dhealbh ìre 5:

Conaltradh agus leasachadh

Tha meas againn air, agus earbsa againn anns, na buidhnean a bhios a' faighinn taic, maoinachadh no coimiseanadh bhuainn, agus tha an t-aon mheas is earbsa acasan annainn. Tha sinn a' conaltradh gu h-èifeachdach is gu h-èifeachdhail, agus tha sinn a' toirt taic fhreagarrach is iomchaidh stèidhte air tuigse shoilleir air feumalachdan. Tha sinn a' co-phàirteachadh chothroman ionnsachaidh agus a' fosgladh suas cothroman leasachaidh do bhuidhnean agus do na daoine leis am bi iad ag obair. Tha an taic againn a' meudachadh comas nam buidhnean a bhith a' leasachadh agus a' coileanadh an cuimsean, amasan agus targaidean. Tha seo ag adhbharachadh bhuidhean deimhinneach agus seasmhach air na daoine is coimhearsnachdan leis am bi iad ag obair. Tha sinn ag ionnsachadh bho na buidhnean dom bi sinn a' toirt taic, agus tha seo a' neartachadh agus a' leasachadh ar cleachdaidh.

Dùbhlann agus gèilleadh

Tha sinn a' toirt dùbhlann iomchaidh stèidhte air fianais làidir agus fèin-luachadh. Tha sinn ag aithneachadh agus a' comharrachadh soirbheasan nam buidhnean dom bi sinn a' toirt taic. Tha seo a' cuideachadh bhuidhnean a bhith a' fàs, a' leasachadh agus a' cumail orra a' coileanadh nam builean ris an robh dùil. Tha na bhios sinn a' cur a-steach a' meudachadh comas nam buidhnean dom bi sinn a' toirt taic gu bhith meòrachail agus a bhith a' coimhead a-mach agus air adhart. Tha seo a' toirt cobhair dhaibh gu bhith a' planadh agus a' freagairt gu h-èifeachdach ri prìomhachasan làithreach, ionadail agus nàiseanta, agus a' freagarrachadh ri feumalachdan atharrachail. Bidh sinn a' toirt taic is stiùireadh iomchaidh agus bidh sinn a' cumail sùil air gnothaichean gus dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile buidheann dom bi sinn a' toirt maoin no a tha sinn a' coimiseanadh, no far a bheil uallach oirnn air an son, a' gèilleadh ri reachdas, riaghailtean, poileasaidhean agus

stùireadh buntainneach. Mar thoradh air sin, tha na buidhnean seo cha mhòr daonnan a' coileanadh inbhean.

A' co-phàirteachadh agus a' cur ris

Tha sinn ag aithneachadh agus a' luachadh na buaidhe, a bhios aig buidhnean dom bi sinn a' toirt taic, air luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan. Tha seo a' gabhail a-steach cur ri leasachaidhean ionadail, agus nas fharsainge far a bheil sin iomchaidh, a' gabhail a-steach planadh CLD. Tha na buidhnean seo air an deagh cheangal ri lionraidhean, a' gabhail a-steach an fheadhainn a bhios sinn a' cur air dòigh no far a bheil sinn air an ceann. Is urrainn dhaibh comharrachadh agus cur an cèill de an diofar a tha conaltradh ri lionraidhean a' dèanamh ris a' chleachdadh aca. Tha sinn a' toirt taic dhaibh le bhith a' cleachdadh rannsachadh, beachd-smuaintean ùr-ghnàthach agus deagh chleachdadh bho àitichean eile gus slatan-tomhas fhaighinn airson, agus piseach a thoirt air, an cuid cleachdaidh. Is urrainn dhuinn dearbhadh gu bheil aig cha mhòr a h-uile buidheann dom bi sinn a' toirt taic comas nas fheàrr a bhith a' libhrigeadh, a' cumail suas, a' freagarrachadh no a' meudachadh solar mar thoradh air cur a-steach bhuainn.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè an ìre gu bheil na buidhnean dom bi sinn a' toirt taic riarachaidh leis na seirbheisean a bhios sinn a' solarachadh?
2. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' conaltradh ri buidhnean dom bi sinn a' toirt taic?
3. Dè cho math 's a tha sinn a' tuigsinn nam feumalachdan taice is leasachaidh a tha aig na buidhnean dom bi sinn a' toirt taic?
4. Dè cho soirbheachail 's a tha sinn a' cleachdadh chothroman leasachaidh is trèanaidh gus comas a thogail am measg bhuidhnean agus an cuid luchd-obrach agus saor-thoilich?
5. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' brosnachadh bhuidhnean dom bi sinn a' toirt taic gu bhith cruthachail is ùr-ghnàthach agus gu bhith a' leasachadh dhòighean-obrach ùra gus feumalachdan atharrachail a choileanadh?
6. Dè c ho fiosraichte 's a tha sinn gus cothromachadh iomchaidh a thoirt seachad de dhùbhlain a bharrachd air taic?
7. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do bhuidhnean a bhith a' cumail suas ri, agus a' coileanadh, reachdas, riaghailtean, còdan obrachaidh, poileasaidhean agus stiùireadh?
8. Dè an fhianais a tha againn gu bheil a' bhuidheann a' cur ri leasachaidhean ionadail, roinneil agus nàiseanta mar thoradh air an taic againn? Ciamar a tha an cur a-steach bhuainn air taic a thoirt don chomas a tha aca airson seo a dhèanamh?

9. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' toirt taic do lìonraidhean airson malairt bheachd-smuaintean, beachdachadh air rannsachadh agus co-phàirteachadh fiosrachaidh is eòlais?
 10. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do choimhearsnachdan gus an t-eòlas is sgilean a leasachadh leis am faod iad cumail orra a bhith èifeachdach is èifeachdail agus a' leasachadh an cuid comais a bhith a' leasachadh bheathannan is choimhearsnachdan?
-

3. Dè cho math 's a tha seirbheisean air an stiùireadh?

3.1 Stiùireadh agus taic

Tha an t-slat-tomhais seo a' coimhead air dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' planadh agus a' libhrigeadh sheirbheisean agus gnìomhachdan gus builean airson luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan a leasachadh. Tha i a' dèiligeadh ri dè cho math 's a tha sinn a' conaltradh ri luchd-ùidhe gus na prògraman againn a phlanadh agus gus lèirmheas a dhèanamh orra. Tha i cuideachd a' dèiligeadh ri dè cho math 's a tha na pròiseasan stiùiridh againn a' comasachadh luchd-obrach agus saor-thoilich a bhith ag obair gu h-èifeachdach.

Cuspairean:

- Planadh obrachaidh
- Conaltradh ri luchd-ùidhe
- Luchd-obrach agus saor-thoilich

Sgead-dhealbh ìre 5:

Planadh obrachaidh

Tha sinn air pròiseasan làidir a stèidheachadh airson planadh, libhrigeadh agus lèirmheas a dhèanamh air seirbheisean agus gnìomhachdan. Tha na planaichean obrachaidh againn soilleir, so-thomhas, iomchaidh agus co-chrochach. Tha iad a' comharrachadh phrìomhachasan nàiseanta is ionadail agus planaichean ro-innleachdail, a' gabhail a-steach planaichean com-pàirteachais, coimhearsnachd agus CLD. Tha iad a' toirt deagh stiùireadh do luchd-obrach, luchd-pàirt agus luchd-ùidhe gus seirbheisean a libhrigeadh agus a leasachadh còmhla. Thathar a' toirt taic do luchd-obrach is saor-thoilich gu h-èifeachdach gus na dreuchdan aca, agus na h-uallaichean a tha orra, a thuigsinn agus a choileanadh. Tha iad an sàs agus a' gabhail pàirt ann am planadh airson leasachadh a tha eagarach agus èifeachdach, a' gabhail a-steach tro amannan atharrachaidh. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil gu soilleir a' co-phàirteachadh na h-aon lèirsinne agus faireachdainn de shealbhadaireachd.

Conaltradh ri luchd-ùidhe

Tha luchd-obrach, saor-thoilich, luchd-pàirt, luchd-ionnsachaidh agus luchd-ùidhe eile gu cunbhalach a' cluiche pàirt ghnìomhach ann an cruthachadh phlanaichean libhrigidh agus lèirmheas a dhèanamh orra. Tha iad misneachail gus dùbhlann cuideachail a thoirt air cleachdadh agus air pròiseasan planaidh, a chum leasachadh a chuideachadh agus a bhrosnachadh. Tha pròiseasan èifeachdach agus èifeachdail againn airson conaltradh a dhèanamh ri luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith iomallaichte. Tha fianais shoilleir againn air mar a tha luchd-ùidhe an sàs ann a bhith a' toirt cumadh do phlanadh is libhrigeadh nan seirbheisean againn a bharrachd air cumail sùil orra. Bidh anailis siostamataigeach air fios air ais bho luchd-pàirteachaidh agus luchd-ùidhe nas fharsaing, a' gabhail a-steach am fèin-fhiosrachadh, cha mhòr daonnan a' toirt

stùireadh do chleachdadh agus do phlanadh leasachaidh, nì a bhios gu cunbhalach ag adhbharachadh builean nas fheàrr.

Luchd-obrach agus saor-thoilich

Thathar air poileasaidhean is modhan-obrach soilleir a stèidheachadh gus cuideachadh a thoirt do chleachdaidhean cothromach airson fastadh, sunnd agus obair a thaobh luchd-obrach agus shaor-thoilich. Tha luchd-obrach is saor-thoilich a' cur earbsa ann am manaidsearan, agus tha manaidsearan a' dèanamh conaltradh riutha gu soillier, gu cunbhalach agus gu math. Tha dòighean-obrach mhanaidsearan sùbailte gu leòr a bhith a' toirt fa-near feumalachdan is suidheachaidhean atharrachail, fhad 's a thathar fhathast a' toirt seòladh soilleir. Tha sinn a' toirt seo fa-near anns a' phlanadh againn airson an fheachd-obrach. Tha a h-uile neach-obrach is saor-thoilich a' faighinn marasgladh cunbhalach, a bhios a' toirt ìrean iomchaidh de dhùbhlain, taic agus cothroman airson leasachadh proifeiseanta is pearsanta. Tha luchd-obrach agus saor-thoilich a' faireachdainn gu bheil a' toirt meas dhaibh agus a' cur earbsa annta a bhith a' toirt riosgan stiùirichte gus builean a leasachadh. Mar thoradh air na cleachdaidhean seo, tha luchd-obrach agus saor-thoilich gu cunbhalach a' libhrigeadh sheirbheisean de dh'àrd-chàileachd aig am bi buaidhean deimhinneach air luchd-ionnsachaidh, coimhearsnachdan agus, far a bheil e iomchaidh, buidhnean a tha a' faighinn taic, buidhnean maoinichte no buidhnean ballrachd.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho math 's a tha na planaichean obrachaidh againn a' co-thaobhadh ri prìomhachasan nàiseanta is ionadail agus planaichean ro-innleachdail, a' gabhail a-steach planaichean CLD?
2. Dè cho math 's a tha na planaichean obrachaidh againn a' co-thaobhadh ri prìomhachasan nàiseanta leithid Cunradh nan Dùthchannan Aonaichte air Còraichean na Cloinne (*UNCRC*), Ionnsachadh airson So-sheasmhachd agus planadh nàiseanta airson Gàidhlig?
3. Dè cho soilleir 's a tha na poileasaidhean is modhan-obrach againn? Ciamar a tha fios againn gu bheil luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-ùidhe eile gan tuigsinn agus gan cur an gnìomh?
4. Ciamar a tha fios againn gu bheil na planaichean is poileasaidhean againn a' coileanadh nam builean ris an robh dùil airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan?
5. Ciamar a tha fios againn gu bheil a' co-phàirteachadh na h-aon lèirsinne am measg cheannardan, luchd-obrach agus saor-thoilich?
6. Dè cho math 's a tha luchd-obrach, saor-thoilich, luchd-pàirt agus luchd-ùidhe an sàs ann a bhith a' dealbhadh phlanaichean agus a' dèanamh lèirmheas orra?
7. Dè cho math 's a tha na ro-innleachdan againn airson conaltradh ri luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith iomallaichte?

8. Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh anailis air an ionnsachadh, ealantas agus fèin-fhiosrachadh a tha aig luchd-pàirteachaidh agus luchd-ùidhe nas fharsainghe, gus stiùireadh a thoirt don phlanadh leasachaidh againn?
 9. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' tuigsinn agus a' cur an gnìomh na poileasaidhan is modhan-obrach ghoireasan daonna againn fhìn?
 10. Dè cho èifeachach 's a tha na modhan a tha sinn a' cleachdadh gus earbsa a thogail taobh a-staigh an fheachd-obrach, luchd-pàirt, buidhnean a tha a' faighinn taic agus luchd-ùidhe nas fharsainghe?
 11. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-obrach agus saor-thoilich air chor 's gum bi iad misneachail gu bhith ùr-ghnàthach, cruthachail, a' toirt riosgan stiùirichte agus a' co-phàirteachadh an eòlais aca?
-

3. Dè cho math 's a tha seirbheisean air an stiùireadh?

3.2 Ag obair ann an com-pàirteachas

Tha an t-slat-tomhais seo mu dheidhinn na dreuchd a tha aig luchd-pàirt CLD ann a bhith a' cur air adhart, a' brosnachadh agus a' gabhal os làimh obair com-pàirteachais èifeachdach. Tha i a' dèiligeadh ri dè cho math 's a tha luchd-pàirt ag obair còmhla ri chèile gus planadh, libhrigeadh agus luachadh a dhèanamh air solar. Tha i a' coimhead air far-luach chom-pàirteachasan agus mar a tha iad ag obair còmhla gus builean a leasachadh airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan.

Cuspairean:

- A' leasachadh agus a' cumail suas
- Co-lèirsinn, co-phlanadh agus co-luachadh
- A' cur ri luach

Sgead-dhealbh ìre 5:

A' leasachadh agus a' cumail suas

Tha ethos deimhinneach againn agus tha sinn a' cur meas mòr air obair cho-obrachail agus obair ann an com-pàirteachas. Tha ceannardan aig a h-uile ìre a' tòiseachadh air obair cho-obrachail le daoine fa leth, le buidhnean eile agus le coimhearsnachdan gus solar a leasachadh, a libhrigeadh agus a thoirt am feabhas. Tha buidhnean com-pàirteachais fa leth a' toirt ceannardas làidir ann a bhith a' leasachadh, a' libhrigeadh agus a' cumail chom-pàirteachasan mar a tha iomchaidh. Tha an t-ùghdarras ionadail a' stèidheachadh chom-pàirteachasan agus gan cumail a' dol gu math, air chor 's gum bithear a' leasachadh, a' cur an gnìomh agus a' dèanamh meas air a' bhuidhean a thig bho phlanaichean is ro-innleachdan CLD. Tha obair ann an com-pàirteachas air a cho-rèiteachadh gu cothromach còmhla ri seata aontaichte de bhuidhean is dùilean co-phàirtichte agus le sgèile-ama iomchaidh. Tha luchd-obrach agus saor-thoilich taobh a-staigh chom-pàirteachasan a' tuigsinn nan dreuchdan agus dleastanasan aca gu math. Tha sinn a' toirt dòigh-obrach phlanaichte a thaobh piseach agus leasachadh anns a h-uile cho-obrachadh agus com-pàirteachas.

Co-lèirsinn, co-phlanadh agus co-luachadh

Tha luchd-pàirt aig a h-uile ìre a' tuigsinn agus ag obair a rèir lèirsinn agus cuimsean co-phàirtichte. Tha sealbhadaireachd shoilleir ann airson raointean-obrach far a bheil co-uallach ann. Tha sinn ag obair gu math còmhla gus co-obair a chomharrachadh, a cho-rèiteachadh, a phlanadh, a libhrigeadh agus a luachadh. Tha sinn ag aontachadh dhreuchdan is dleastanasan soilleir airson CLD planaichte agus airson bhuidhean eile a thig bho phlanadh coimhearsnachd agus builean ro-innleachdail agus nàiseanta. Thathar air siostaman làidir agus targaidean soilleir a stèidheachadh airson cumail sùil air gnothaichean, gus taic a thoirt do cho-luachadh, planadh airson leasachadh agus aithriseadh còmhla do luchd-ùidhe. Tha aontaidhean com-pàirteachais soilleir, agus tha iad a' toirt piseach air an èifeachdachd agus soilleireachd a tha aig co-obrachadh. Tha sinn a' gabhail os

làimh gu cunbhalach gnìomhachdan ionnsachaidh is leasachaidh co-phàirtichte, agus cha mhòr daonnan gum bi iad ag adhbharachadh bhuilean nas fheàrr airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan. 'S ann glè mhath a bhios sinn, mar aon, a' planadh agus a' stiùireadh nan ro-innleachdan eadar-ghluasaid againn, no ro-innleachdan airson fàgail, bho obair ann an com-pàirteachas.

A' cur ri luach

Tha an obair ann an com-pàirteachas agus an obair cho-obrachail againn, a bhios sinn a' dèanamh le buidhnean is coimhearsnachdan eile, a' cur ri luach airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan. Tha seo cha mhòr daonnan ag adhbharachadh sheirbheisean nas fheàrr airson luchd-pàirteachaidh. Tha a h-uile neach-pàirt soilleir mu dheidhinn na dh'fheumas iad fhèin, agus na dh'fheumas daoine eile, a chur ri obair ann an com-pàirteachas agus mar a bhios seo a' cuideachadh gus buaidhean deimhinneach fhaotainn airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan. Tha seo a' gabhail a-steach co-phàirteachadh stòrasan, far a bheil sin iomchaidh, gus feumalachdan a choileanadh san dòigh as fheàrr agus as èifeachdaiche. Tha conaltradh agus co-luadar eadar luchd-pàirt cunbhalach, structaraichte, taiceil agus èifeachdach. Tha dreuchd shoilleir aig coimhearsnachdan agus luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach gum faod iad buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean agus co-dhùnaidhean a dhèanamh, sa chuid as motha de na com-pàirteachasan againn. Thathar a' cur meas air am fèin-fhiosrachadh, agus tha seo a' toirt taic do dh'èifeachdas nan com-pàirteachasan dom bi iad a' buntainn. Tha dreuchdan is dleastanasan gach neach-pàirt air an deagh thuigsinn agus air an conaltradh gu h-èifeachdach ri luchd-ùidhe. Tha sinn ag ionnsachadh bho obair mhath ann an com-pàirteachas bho àitichean eile, agus tha sinn a' cleachdadh seo gus an cleachdadh againn fhìn a neartachadh.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho gnìomhach 's a tha sinn ann a bhith a' sireadh a-mach, a' cur air adhart, a' toirt taic do agus a' freagairt gu deimhinneach ri com-pàirteachasan a tha comasach air builean nas fheàrr a libhrigeadh airson dhaoine fa leth, buidhnean agus coimhearsnachdan?
2. Dè cho math 's a tha ceannardan aig a h-uile ìre a' tòiseachadh, a' co-rèiteachadh agus a' goireasachadh obair cho-obrachail, gus builean a leasachadh?
3. Dè cho èifeachdach 's a tha an t-ùghdarras ionadail ann a bhith a' leasachadh, a' cumail suas agus a' toirt taic do chom-pàirteachasan gus prìomhachasan taobh a-staigh nam planaichean is ro-innleachdan CLD a leasachadh agus a thoirt air adhart?
4. Dè an ìre 's gu bheil an lèirsinn is na cuimsean a tha aig gach com-pàirteachas sa bheil sinn an sàs air an leasachadh gu soilleir agus air an tuigsinn gu math?
5. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil, taobh a-staigh gach com-pàirteachais, na dreuchdan is dleastanasan a tha aig gach ball no buidheann air an tuigsinn gu soilleir leis a h-uile duine?

6. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-pàirt a cheart cho dealasach air libhrigeadh nam builean a thathar an dùil agus a bhios an com-pàirteachas ag obair gus an coileanadh?
 7. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' co-phlanadh, a' cumail sùil air gnothaichean còmhla, agus a' co-luachadh taobh a-staigh chom-pàirteachasan?
 8. Dè cho soilleir 's a tha sinn air dè am far-luach a bhios gach com-pàirteachas a' toirt agus dè an diofar a nì e do luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan?
 9. Dè cho math 's a tha sinn a' cur às leth, ag aithris agus a' co-phàirteachadh soirbheas taobh a-staigh agus am measg chom-pàirteachasan?
 10. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil guth na coimhearsnachd is an luchd-ionnsachaidh riochdachail, air a chluinntinn agus air a luachadh taobh a-staigh nan com-pàirteachasan againn?
 11. Dè cho math 's a tha sinn ag obair le luchd-pàirt gus ro-phlanadh a dhèanamh agus gus ullachadh a dhèanamh airson feumalachdan atharrachail a choileanadh?
 12. Dè cho soirbheachail 's a tha sinn a' gabhail os làimh co-ghnìomhachdan ionnsachaidh agus leasachaidh a bhios a' co-phàirteachadh agus a' leasachadh sgilean, fiosrachadh, eòlas agus ealantas air feadh chom-pàirteachasan, ag adhbharachadh builean nas fheàrr airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan?
-

3. Dè cho math 's a tha seirbheisean air an stiùireadh?

3.3 Cleachdadh stòrasan ann an dòigh sheasmhach agus èifeachdach

Tha an t-slat-tomhais seo a' dèiligeadh ri dè cho math 's a tha buidhnean a' manaidseadh an cuid ionmhasan, stòrasan agus fiosrachadh gus seirbheisean èifeachdach is èifeachdail a libhrigeadh, a bhios a' toirt gu buil buaidhean deimhinneach air daoine fa leth, air buidhnean agus air coimhearsnachdan. Tha i cuideachd a' dèiligeadh ris a' chomas aca a bhith a' gèilleadh ri reachdas agus riaghailtean.

Cuspairean:

- Dealbhadh ionmhasail
- Stiùireadh stòrasan agus eòlais
- Gèilleadh

Sgead-dhealbh ìre 5:

Dealbhadh ionmhasail

Tha na h-ullachaidhean againn airson dealbhadh ionmhasail agus cumail sùil air caiteachas trid-shoilleir, eagarach agus a' gabhail a-steach rianachd chunnairt èifeachdach. Tha sinn a' planadh glè mhath airson atharrachadh, agus tha sinn for-ghnìomhach ann a bhith a' sireadh dhòighean gus seirbheisean a chumail no a leasachadh. Tha sinn tionnsgnach ann a bhith a' tàladh maoineachadh no stòrasan eile gus builean is buaidhean deimhinneach a mheudachadh airson luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan agus a bhith a' dèiligeadh ri feumalachdan nach deach a choileanadh no a tha ag atharrachadh. Thathar a' riarachadh stòrasan, a' gabhail a-steach gan riarachadh do threas pàrtaidhean, gus prìomhachasan aontaichte a choileanadh a rèir phlanaichean ionadail is nàiseanta agus prìomhachasan CLD. A thaobh luchd-obrach agus saor-thoilich air am bi uallaichean ionmhasail, tha iad uile soilleir mu, agus bidh iad a' leantainn, phoileasaidhean is modhan-obrach ionmhasail. Thathar a' toirt taic mhath dhaibh le ceannardan agus leothasan air am bi uallaichean sònraichte airson ionmhais. Tha sinn a' leantainn mhodhan-obrach soilleir gus cuideachadh a thoirt seachad ann a bhith a' comharrachadh, agus a' dèiligeadh gu h-èifeachdach agus gu h-aithghearr ri, easaontas buidseit sam bith a dh'fhaodas èirigh.

Stiùireadh stòrasan agus eòlais

Tha stòrasan air an deagh stiùireadh, air an cur an gnìomh agus air an targaideachadh gus builean a leasachadh airson dhaoine fa leth, teaghlachan agus coimhearsnachdan, agus gus prìomhachasan na buidhne agus prìomhachasan ionadail is nàiseanta a choileanadh. Tha planadh na buidhne agus planadh com-pàirteachais a' toirt fa-near a h-uile stòras, a bharrachd air feumalachdan nach deach a choileanadh. Tha luchd-pàirt ag obair glè mhath còmhla gus stòrasan a cho-phàirteachadh agus a thargaideachadh gus builean a leasachadh airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan. Far a bheil e iomchaidh, tha uidheamachd speisealta, àitichean-còmhnaidh no ceuman comharraichte eile gan co-phàirteachadh gus comas a thoirt dhaibhsan aig a bheil

feumalachdan sònraichte air chor 's gum faod iad a bhith a' gabhail pàirt. Tha rianachd fiosrachaidh fòcasaidhe agus soilleir, agus tha fiosrachadh air a thional, air eagrachadh, air a chonaltradh agus air a chleachdadh gu h-èifeachdach gus builean a leasachadh agus adhartas a luachadh mu choinneimh phlanaichean. Tha na h-ullachaidhean airson fiosrachadh a stòradh, ath-bhuidhinn, a chleachdadh agus a cho-phàirteachadh a' gèilleadh gu h-iomlan ri reachdas làithreach air dìon dàta.

Gèilleadh

Tha luchd-obrach agus saor-thoilich aig a h-uile ìre sa bhuidhinn mothachail do, agus a' gèilleadh ri, an dleastanasan a thaobh reachdas, riaghailtean, poileasaidh, stiùireadh, inbhean agus còdan obrachaidh. Tha a' bhuidheann a' cumail sùil air, agus a' freagairt gu h-iomchaidh is gu tìmeil ri, atharrachaidhean ann an reachdas is poileasaidhean. Tha conaltradh ann, a tha bitheanta agus soilleir, air rianachd chunnairt agus gèilleadh. Tha dòighean-obrach so-thuigsinn againn a thaobh, agus tha sinn a' co-chothromachadh gu h-iomchaidh eadar, ùr-ghnàthachadh agus rianachd chunnairt. Tha modhan-obrach ann, a tha làithreach, a thaobh dìon, agus bithear a' dèanamh lèirmheas orra gu cunbhalach. Tha luchd-obrach agus saor-thoilich aig a h-uile ìre sa bhuidhinn mothachail air na dleastanasan aca, agus gan coileanadh, a thaobh dìon dhaoine so-leònta, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachaidh, luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt.

Ceistean dùbhlain:

1. Ciamar a tha fios againn gu bheil an coileanadh ionmhasail againn làidir?
2. Dè cho ioma-chuimseach agus cho èifeachdach 's a tha na modhan-obrach is smachdan ionmhasail againn?
3. Dè cho uidheamaichte 's a tha luchd-buidseit gus sùil a chumail air modhan-obrach is smachdan ionmhasail agus an cur an gnìomh?
4. A bheil sinn tionnsgnach ann a bhith a' dleasadh maoinachadh a bharrachd, a' planadh airson atharrachadh, a' planadh airson co-arbas no a thaobh so-sheasmhachd nan ionmhasan againn?
5. Dè cho math 's a tha sinn a' comharrachadh, a' tàladh agus a' riarachadh stòrasan gus prìomhachasan a choileanadh?
6. Ciamar a tha fios againn gu bheil na stòrasan againn, a' gabhail a-steach àitichean-còmhnaidh, uidheamachd speisealta agus teicneòlas fiosrachaidh, gu leòr, iomchaidh agus so-ruigsinneach?
7. Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh teicneòlas fiosrachaidh agus goireasan is uidheaman eile gus solar agus so-ruigsinneachd a leasachadh air chor 's gum faod luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan làn-phàirt a ghabhail?
8. Dè cho math 's a tha sinn ag obair le luchd-pàirt gus dèanamh cinnteach gu bheil na stòrasan uile gu lèir a tha rim faotainn airson CLD air an targaideachadh ann an dòigh a tha cho èifeachdach agus cho èifeachdail 's a ghabhas?

9. Dè cho èifeachdach 's a tha na h-ullachaidhean againn airson dàta a thional, a stòradh, ath-bhuidhinn, anailiseachadh, a luachadh agus a cho-phàirteachadh?
 10. Dè cho soirbheachail 's a tha sinn a' dèiligeadh ri rianachd chunnairt agus dòighean-obrach a thaobh atharrachadh gus co-chothromachadh fhaighinn eadar, air an aon làimh, taic a thoirt do ùr-ghnàthachadh agus àrd-mhiann agus, air an làimh eile, lùghdachadh fhaighinn ann an droch bhuidhean sam bith?
 11. Dè cho math 's a tha sinn a' freagairt ri, a' gèilleadh ri agus a' cur an gnìomh atharrachaidhean ann an reachdas, riaghailtean, poileasaidh, inbhean agus còdan obrachaidh a tha a' buntainn rinn?
 12. Dè cho math 's a tha na siostaman is pròiseasan againn a' dèanamh cinnteach gu bheil daoine so-leònta air an dìon?
-

4 Dè cho math 's a tha libhrigeadh phrìomh sheirbheisean?

4.1 Libhrigeadh leasachadh coimhearsnachd

Tha an t-slat-tomhais seo a' coimhead air dè cho math 's a tha seirbheisean agus buidhnean a' libhrigeadh taic airson leasachadh coimhearsnachd agus a' meudachadh comas coimhearsnachd. Tha i a' sgrùdadh dè cho math 's a tha luchd-cleachdaidh a' togail dhàimhean coimhearsnachd a tha earbsach, measail agus spèiseil. Tha i a' coimhead air dè na structaran agus siostaman a tha air an stèidheachadh gus coimhearsnachdan a chumhachdachadh.

Cuspairean:

- A' togail comais
- Dàimhean èifeachdach
- A' meudachadh buaidh

Sgead-dhealbh ìre 5:

A' togail comais

Tha ceannardan aig a h-uile ìre a' toirt taic mhath do luchd-pàirt, luchd-obrach agus saor-thoilich gus coimhearsnachdan de dh'ùidh agus/no de chruinn-eòlas a chomharrachadh agus obair a dhèanamh còmhla riutha. Tha e soilleir gu bheil an obair againn stèidhte air feumalachdan-coimhearsnachd comharraichte, agus thathar ga planadh cha mhòr daonnan còmhla ri coimhearsnachdan. Tha sinn ag obair còmhla glè mhath gus leasachadh coimhearsnachd a chomharrachadh, a phlanadh agus a libhrigeadh a rèir reachdas. Tha taic airson togail comais ga libhrigeadh gu inbhe àrd agus ann an deagh àm. Tha an taic air a goireasachadh gu h-ìomchaidh, agus tha i a' ruigsinn nan coimhearsnachdan aig a bheil na feuman as motha. Tha seo a' meudachadh comas an luchd-iomairt agus nan saor-thoileach agus a' toirt taic dhaibh gus adhartas a dhèanamh, a' gabhail a-steach lionadh dhreuchdan ceannardais. Mar thoradh air sin, tha coimhearsnachdan nas comasaiche air obair còmhla gus co-dhèanamh agus co-libhrigeadh a choileanadh mar fhreagairt ri atharrachadh. Tha iad misneachail ann a bhith a' planadh agus a' luachadh an diofair a tha iad a' dèanamh agus ann a bhith ag aithneachadh na tha iad a' cur a-steach do cho-dhùnaidhean, a' togail choimhearsnachdan làidir, ath-leumach agus cumhachdaichte.

Dàimhean èifeachdach

Tha an obair againn ann an com-pàirteachas stèidhte air an earbsa a tha sinn a' cur ann an càch a chèile, agus thathar a' cur luach agus meas air an obair seo. Tha conaltradh soilleir agus cunbhalach. Tha luchd-cleachdaidh eòlach, agus thathar a' toirt taic mhath dhaibh le ceannardan, ann a bhith a' togail dhàimhean a tha measail, ion-ghabhailta, earbsach agus cothromach. Mar thoradh air sin, tha na dàimhean coimhearsnachd a tha aig luchd-cleachdaidh a' gabhail a-steach co-cothromachadh ìomchaidh eadar dùbhlann freagarrach agus taic bhuntainneach. Mar luchd-cleachdaidh, tha tuigse againn air, agus tha sinn a' cuideachadh gus

stiùireadh a thoirt air, na dùilean eadar-dhealaichte a tha aig coimhearsnachdan. Bidh sinn a' coileanadh co-aonta agus rèiteachadh còmhstri uair air bith a ghabhas sin dèanamh, ach tha sinn cuideachd a' dèanamh cinnteach gu bheil a' dèanamh cho-dhùnaidhean ann an deagh àm. Tha tuigse làidir againn air na factaran sòisealta, poilitigeach, eaconamach agus àrainneachdail a bhios a' toirt buaidh air coimhearsnachdan. Mar thoradh air sin, tha dàimhean làidir a' toirt buaidh air co-dhùnadh agus bidh coimhearsnachdan ag aithris ìrean àrda de riarachas leis an taic a tha iad a' faotainn.

A' meudachadh buaidh

Tha ceannardan aig a h-uile ìre a' cur luach air buidhnean is riochdairean coimhearsnachd mar luchd-pàirt co-ionann gus co-dhùnaidhean fiosraichte a dhèanamh air coimhearsnachdan de dh'ùidh agus/no de chruinn-eòlas. A rèir Achd Cumhachdachadh Choimhearsnachdan (Alba) 2015, tha poileasaidhean, structaran planaidh agus riarachaidhean stòrasan a' comharrachadh gealltanais air co-dhèanamh còmhla ri coimhearsnachdan. Tha seo a' toirt taic do raon farsaing de bhuill coimhearsnachd a bhith a' gabhail pàirt ann am pròiseasan co-dhùnaidh. Tha sinn ag obair gu math leis an luchd-phàirt againn gus beachdan dhaoine de gach aois a thional gus buaidh a thoirt air co-dhùnaidhean. Tha sinn a' toirt taic mhath do dhòigh-obrach chothromach agus so-sheasmhach a thaobh barrachd smachd a ghluasad gu buidhnean coimhearsnachd agus muinntir ionadail. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach taic ionmhasail, cuideachadh le ullachaidhean riaghlachais no comhairle phroifeiseanta agus fiosrachadh. Mar thoradh air sin, tha cumhachdachadh choimhearsnachdan agus buaidh choimhearsnachdan a' sìor-thoirt buaidh air pròiseasan co-dhùnaidh agus targaideachadh ghoireasan co-phàirtichte.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho math 's a tha sinn a' planadh togail comas na coimhearsnachd air chor 's gum bi e stèidhte gu soilleir air na feumalachdan, prìomhachasan agus àrd-mhiannan a chaidh a chomharrachadh leis a h-uile neach-ùidhe?
2. A bheil an taic againn airson togail comas na coimhearsnachd air a libhrigeadh gu inbhe de dh'àrd-chàileachd? Dè na h-inbhean a tha sinn a' cleachdadh gus tomhas a dhèanamh air seo?
3. Dè cho math 's a tha sinn a' cumail sùil air an obair againn gus dèanamh cinnteach gu bheil an taic a tha sinn a' solarachadh do chomainn is buidhnean coimhearsnachd èifeachdach, freagarrach agus timeil?
4. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do chomainn is buidhnean coimhearsnachd gus planadh, manaidseadh agus luachadh a dhèanamh air an obair aca agus gèilleadh ri reachdas?
5. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' ro-aithneachadh agus a' planadh airson atharrachaidhean sòisealta, eaconamach, àrainneachdail, slugh-thomhais agus poileasaidh, gus dèanamh cinnteach gum bi na seirbheisean againn a' cumail a bhith buntainneach agus co-fhreagrach ris na coimhearsnachdan againn?
6. Dè an ìre 's gu bheil sinn a' togail ath-leumachd nan coimhearsnachdan againn agus gan cuideachadh a bhith ullamh a dhol an sàs ann an ionnsachadh is gnìomhan a thaobh ceartas cliomaid, dìon bith-iomadachd

agus eadar-ghluasad gu comann sòisealta sa bheil brùchdaidhean-càrboin air an toirt sìos gu neoini, air chor 's gum bithear a' coileanadh nan àrd-mhiannan a tha aig Tadhalan Leasachaidh So-sheamhaich nan Dùthchannan Aonaichte?

7. Ciamar a tha fios againn gu bheil na dàimhean againn le coimhearsnachdan measail, ion-ghabhailta, earbsach agus air an togail air earbsa eadar càch a chèile?
 8. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh inbheisteadh ann an leasachadh an fheachd-obrach, agus ga chleachdadh, gus gach cuid an comas againn fhìn agus comas an luchd-phàirt againn a neartachadh gus taic a thoirt do agus a bhith ag obair le coimhearsnachdan?
 9. Dè cho soirbheachail 's a tha sinn ag obair le luchd-pàirt, a' gabhail a-steach buidhnean coimhearsnachd agus luchd-iomairt, gus poileasaidhean, planaichean agus seirbheisean a leasachadh?
 10. Dè cho math 's a tha na planaichean agus seirbheisean againn stèidhte air feumalachdan a chaidh a chomharrachadh? A bheilear a' gabhail riutha, a bheil iad gu leas na h-uile, agus a bheil iad air an deagh thuigsinn leis a h-uile neach-ùidhe?
 11. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' comasachadh buill na coimhearsnachd gus uallach agus adhartas a ghabhail os làimh ann an dòigh a tha freagarrach, a bhios a' faighinn taic mhath agus a tha so-sheasmhach?
 12. Dè cho èifeachdach 's a tha na poileasaidhean, planaichean, riarachaidhean stòrasan agus cleachdaidhean againn a' dèanamh cinnteach gu bheil riochdachadh iomchaidh ann, ag aithneachadh agus a' dèiligeadh ri mì-chothroman cumhachd agus a' gluasad barrachd smachd chun na coimhearsnachd?
 13. Dè cho math 's a tha na poileasaidhean, structaran planaidh agus riarachaidhean stòrasan againn a' comharrachadh nan àrd-mhiannan a chaidh a chur an cèill ann an Achd Cumhachdachadh Choimhearsnachdan (Alba) 2015?
-

4 Dè cho math 's a thathar a' libhrigeadh phrìomh sheirbheisean?

4.2 Libhrigeadh ionnsachadh coimhearsnachd

Tha an t-slat-tomhais seo a' coimhead air dè cho math 's tha seirbheisean is buidhnean a' comharrachadh feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus a' dealbhachadh is a' libhrigeadh eòlasan ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd a tha stèidhte sa choimhearsnachd. Tha i a' sgrùdadh na tha air stèidheachadh gus taic a thoirt do chom-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh. Tha i a' dèiligeadh ri dè cho math 's a tha na pròiseasan againn a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh a bhith a' coileanadh agus a' dèanamh adhartas.

Cuspairean:

- Dealbhadh agus libhrigeadh
- Com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh
- Cothroman air coileanadh agus adhartas a dhèanamh

Sgead-dhealbh ìre 5:

Dealbhadh agus libhrigeadh

Tha na prògraman againn stèidhte gu soilleir air na feumalachdan, prìomhachasan agus àrd-mhiannan a chaidh a chomharrachadh airson luchd-ionnsachaidh, agus tha iad a rèir prìomhachasan nàiseanta is ionadail. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil cothroman ionnsachaidh ion-ghabhailta is so-ruigsinneach agus gu bheil iad a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan leanaltach is siostamach. Mar thoradh air sin, tha sinn a' ruigsinn luchd-ionnsachaidh aig a bheil na feumalachdan as motha agus aig amannan eadar-ghluasaid no atharrachaidh. Tha sinn sgileil ann a bhith a' freagarrachadh nam prògraman againn gus feumalachdan fa leth agus atharrachail a choileanadh, a' gabhail a-steach cleachdadh caochladh dhòighean-libhrigidh, teicneòlasan didseatach nam measg mar a tha iomchaidh. Tha cothrom aig cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh air raon freagarrach de dh'eòlasan ionnsachaidh. Tha an taic a bhios iad a' faighinn a' toirt fa-near ro-ionnsachadh agus coileanaidhean a rinneadh roimhe. Thathar a' libhrigeadh cha mhòr a h-uile gnìomhachd do dh'inbhe glè àrd, le ìre iomchaidh de dh'astar, taic agus dùbhlann. Tha sinn gu cunbhalach a' luachadh na tairgse ionnsachaidh againn, agus ga coimeasachadh mu choinneimh shlatan-tomhais, gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' coileanadh inbhean agus gus buaidh a thoirt air planadh leasachaidh.

Com-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh

Tha an solar againn fiosraichte le, agus air a leasachadh ann an còmhradh ri, luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan. Tha com-pàirt gnìomhach aig luchd-ionnsachaidh ann a bhith a' toirt cumadh gach cuid don tairgse ionnsachaidh a tha iad fhèin a' faighinn agus don tairgse ionnsachaidh nas fharsainge. Tha seo a' dèanamh cinnteach gum bi solar a' cumail air a' coileanadh feumalachdan

atharrachail luchd-ionnsachaidh agus choimhearsnachdan, agus tha seo ag adhbharachadh atharrachaidhean deimhinneach a ghabhas dearbhadh gu soilleir. Mar thoradh air sin, tha cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh glè bhrosnaichte agus a' gabhail com-pàirt ghnìomhach anns a h-uile taobh den ionnsachadh aca. Tha an tairgse, far a bheil an neach-ionnsachaidh aig a' mheadhan, air a togail air dàimhean a tha deimhinneach is altramach. Tha dùbhlain freagarrach ann a tha ag adhbharachadh bhuilean ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd. Thathar gu gnìomhach a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh, agus a' toirt taic mhath dhaibh, gus uallaichean a ghabhail orra fhèin agus taic a thoirt do dh'ionnsachadh chàich. Tha cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh ag aithris ìrean àrda de riarachas leis an t-seirbheis no taic a tha iad a' faighinn.

Cothroman air coileanadh agus adhartas a dhèanamh

Tha cothroman airson coileanadh agus adhartas air am fìor dheagh phlanadh, agus tha iad bunaiteach don tairgse ionnsachaidh. Tha sinn ag aithneachadh agus a' comharrachadh na tha cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh a' coileanadh aig gach ìre den ionnsachadh aca. Tha sinn a' brosnachadh agus a' comasachadh luchd-ionnsachaidh a bhith a' meòrachadh air an t-slighe ionnsachaidh aca agus a bhith a' cur romhpa amasan a tha dùbhlainach ach ion-dhèanta. Tha cothroman ionnsachaidh tlachdmhor, brodach, a' meudachadh leasachadh pearsanta agus, far a bheil seo iomchaidh, a' meudachadh com-pàirteachadh coimhearsnachd. Thathar a' toirt taic mhath do luchd-ionnsachaidh gus adhartas a dhèanamh gu barrachd cothroman ionnsachaidh, trèanadh, saor-thoileachais no cosnadh. Tha sinn ag obair gu glè èifeachdach le luchd-pàirt gus slighean-ionnsachaidh agus eile, a tha soilleir is iomchaidh, a chomharrachadh, a phlanadh agus a libhrigeadh. Tha na slighean seo a' toirt taic do luchd-pàirteachaidh san t-slighe aca gus na h-amasan ris an robh dùil aca a ruigsinn, agus gus cothrom a ghabhail air na seirbheisean agus taic a dh'fheumas iad gus aghaidh a chur air na dùbhlain a tha romhpa nam beathannan.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho math 's a tha sinn ag obair le luchd-pàirt gus dèanamh cinnteach gu bheil na prògraman ionnsachaidh againn a' coileanadh nam feumalachdan, prìomhachasan agus àrd-mhiannan a chaidh a chomharrachadh?
2. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh lèirmheas air na slighean againn gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a rèir prìomhachasan nàiseanta agus ionadail, a' dèiligeadh ri neo-ionannachdan leanaltach agus siostamach agus comasach air freagarrachadh ri feumalachdan atharrachail?
3. Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh dòigh-obrach stèidhte air còirichean gus taic a thoirt do chom-pàirteachadh luchd-ionnsachaidh?
4. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil an t-ionnsachadh a tha sinn a' tairgsinn air a dhealbhadh agus air a libhrigeadh do dh'inbhe àrd agus a' toirt seachad eòlas ionnsachaidh de dh'àrd-chàileachd?
5. Dè cho sgileil 's a tha sinn ann a bhith a' freagarrachadh agus a' goireasachadh phrògraman gus an taic as fheàrr a thoirt do gach neach-ionnsachaidh agus gus feumalachd atharrachail a choileanadh?

6. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' comharrachadh co-theacsa beathannan an luchd-ionnsachaidh, a' dèiligeadh ri cnapan-starra gus com-pàirteachadh is adhartas a chomasachadh agus a' coileanadh nan àrd-mhiannan a tha aig daoine fa leth no aig a' choimhearsnachd?
 7. Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh dhòighean-obrach sùbailte airson ionnsachadh, a' gabhail a-steach teicneòlasan didseatach, gus ionnsachadh a chomasachadh ann an àite agus aig àm a bhios a' coileanadh feumalachdan luchd-ionnsachaidh, a bhios sàbhailte agus a bhios a' toirt taic do an àrd-mhiannan?
 8. Dè cho soirbheachail 's a tha sinn a' cleachdadh fios air ais bho luchd-ionnsachaidh agus bho luchd-pàirt eile gus an tairgse ionnsachaidh a leasachadh?
 9. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh a' gabhail com-pàirt ghnìomhach ann a bhith a' toirt cumadh don chuid ionnsachaidh agus ann an cùisean nas fharsaingeach ceangailte ri dealbhadh agus leasachadh sheirbheisean?
 10. Dè cho math 's a tha sinn a' comasachadh luchd-ionnsachaidh a bhith a' comharrachadh, ag obair a dh'ionnsaigh agus a' coileanadh an amasan pearsanta?
 11. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh gus adhartas a chomharrachadh, a phlanadh agus a dhleasadh?
 12. Dè cho math 's a tha sinn ag aithneachadh agus a' comharrachadh coileanadh agus buileachadh?
-

5 Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas aig a h-uile ìre?

5.1 Lèirsinn, cultar agus seòladh

Tha an t-slat-tomhais seo a' coimhead air lèirsinn, cultar agus seòladh (*direction*) taobh a-staigh buidhne. Tha i a' fòcasachadh air dè cho math 's a tha lèirsinn, luachan agus cuimsean a' toirt buaidh air planadh airson leasachadh. Tha i a' dèiligeadh ri dè cho math 's a tha iad seo a' cur air adhart cothomas agus ag altramadh cultar is ethos a tha deimhinneach. Tha i a' fòcasachadh air iomadachd eaconamach, sòisealta agus cultarach. Tha i cuideachd a' coimhead air dè cho math 's a tha ceannardan aig gach ìre a' freagairt ri, a' planadh airson agus a' libhrigeadh atharrachadh.

Cuspairean:

- Lèirsinn, luachan is cuimsean
- Cultar, ethos agus cothromas
- A' treòrachadh agus a' libhrigeadh atharrachadh

Sgead-dhealbh ìre 5:

Lèirsinn, luachan is cuimsean

Tha an lèirsinn, luachan is cuimsean againn air an cur an cèill gu soilleir, tha iad àrd-amasach agus tha iad a rèir phrìomhachasan ionadail, roinneil agus nàiseanta. Tha iad a' cruthachadh pàirt shoilleir agus cho-chrochach den lèirsinn nas fharsainge airson planadh coimhearsnachd. Tha iad fiosraichte le co-theacsa sòisealta, eaconamach agus cultarach nan coimhearsnachdan againn. Tha luchd-ionnsachaidh, coimhearsnachdan, saor-thoilich agus luchd-obrach a' cluiche pàirt chudromach ann a bhith gan leasachadh. Thathar ag ath-bheachdachadh air lèirsinn, luachan is cuimsean gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cumail orra a' coileanadh gach cuid feumalachdan atharrachail agus feuman a tha ag èirigh. Tha deagh chonaltradh mun deidhinn, agus tha iad a' toirt stiùireadh do fhaireachdainn cho-phàirtichte mu sheòladh airson CLD. Tha iad air an neartachadh le luachan leithid fèin-ùghdarras, in-ghabhaltachd, cumhachdachadh, obair cho-obrachail agus cur air adhart ionnsachadh mar ghnìomhachd fhad-bheatha.

Cultar, ethos agus cothromas

Tha cultar làidir againn de chumhachdachadh, sìor-leasachadh agus ùr-ghnàthachadh. Tha an lèirsinn, luachan, cuimsean agus amasan againn a' cur air adhart co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd. Tha iad a' toirt taic do luchd-ùidhe gus dùbhlàn a thoirt do chlaon-bhreith. Tha iad a' dearbhadh ethos is gealltanais co-phàirtichte gus na h-inbhean as àirde a ghabhas ruigsinn a choileanadh. Tha tuigse cho-phàirtichte againn air an àrd-amas againn gum bithear a' meudachadh cothromas air chor 's gum faod a h-uile coimhearsnachd agus neach-ionnsachaidh a bhith a' soirbheasachadh. Tha sinn a' cur air adhart soirbheas airson cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh agus coimhearsnachd gun amhail do chul-raon eaconamach, sòisealta no cultarach. Tha ceannardas èifeachdach aig a h-uile ìre a' toirt taic do luchd-obrach, luchd-pàirt, luchd-

ionnsachaidh agus coimhearsnachdan a bhith a' faireachdainn gu bheil meas ga chur orra, a bhith ùr-ghnàthach agus a bhith ag obair còmhla gu math gus na builean deimhinneach a choileanadh a tha air an cur an cèill san lèirsinn againn.

A' treòrachadh agus a' libhrigeadh atharrachadh

Tha na ceannardan againn a' coimhead a-mach agus air adhart. Tha sinn a' freagairt ri dùbhlain agus cothroman, agus tha sinn planadh gu math air an son. Tha sinn a' stiùireadh planadh, libhrigeadh agus astar atharrachaidhean gu h-èifeachdach, a' gabhail a-steach atharrachadh a tha bras agus gun dùil. Cha mhòr daonnan, tha na pròiseasan airson atharrachadh glè mhath gu toirt fa-near feumalachdan, cunnartan agus cothroman, agus bidh iad a' dèanamh co-chothromachadh eatorrasan. Tha ceannardan ag ùisneachadh raon de dhòighean-obrach gus conaltradh a dhèanamh gu math ri luchd-ionnsachaidh, coimhearsnachdan, saor-thoilich, luchd-obrach agus luchd-ùidhe nas fharsainge a thaobh treòrachadh agus brosnachadh atharrachadh. Tha luchd-obrach agus saor-thoilich aig a h-uile ìre a' gabhail barrachd is barrachd uallaich airson atharrachadh a chur an gnìomh agus a bhrosnachadh. Aig a h-uile ìre, tha sinn air ar cumhachdachadh a bhith ùr-ghnàthach agus a bhith a' toirt riosgan fiosraichte, stiùirichte mar fhreagairt ri atharrachadh. Thathar air pròiseasan soilleir agus èifeachdach a stèidheachadh gus sùil a chumail gach cuid air mar a thathar a' libhrigeadh atharrachadh agus air a' bhuidhe a thig às, agus gus solar a fhreagarrachadh air chor 's gum bithear a' coileanadh feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus choimhearsnachdan.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho àrd-amasach agus dùbhlanaich 's a tha ar lèirsinn, luachan is cuimsean?
2. A bheil ar lèirsinn, luachan, cuimsean agus amasan soilleir agus co-chrochach ri prìomhachasan ionadail, roinneil agus nàiseanta? A bheil iad a rèir nam prìomhachasan nas fharsainge airson planadh coimhearsnachd?
3. Dè cho math 's a tha ar lèirsinn, luachan, cuimsean agus amasan air an cumadh leis a' cho-theacsa shòisealta, eaconamach agus chultarach sna coimhearsnachdan againn agus le beathannan nan daoine leis am bi sinn ag obair?
4. Dè cho soirbheachail 's a tha ar lèirsinn, luachan agus cuimsean a' toirt taic dhuinn gus co-ionannachd, iomadachd agus in-ghabhaltachd a chur air adhart?
5. Dè cho math 's a tha sinn a' leasachadh, a' libhrigeadh agus a' cumail suas cultar làidir de chumhachdachadh, leasachadh agus ùr-ghnàthachadh?
6. Dè cho math 's a tha sinn air ethos co-phàirtichte a leasachadh a tha gar cur an geall a bhith a' coileanadh nan inbhean as àirde a ghabhas ruigsinn? A bheil an ethos co-phàirtichte againn a' comasachadh soirbheas airson cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh is coimhearsnachd gun amhail do an cùl-raon eaconamach, sòisealta no cultarach?
7. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-obrach, saor-thoilich, luchd-pàirt agus coimhearsnachdan air chor 's gum bi iad a' faireachdainn gu bheil a' toirt meas dhaibh agus gum bi iad ag obair ri chèile gus na

buidhean deimhinneach a choileanadh mar a chaidh a chur an cèill san lèirsinn againn?

8. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' treòrachadh na buidhne againn tro atharrachadh a chaidh a phlanadh no ris nach robh dùil?
 9. Dè cho math 's a tha sinn a' conaltradh ri luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt aig a h-uile ìre gus atharrachadh ro-aithneachadh agus plana a dhèanamh air a shon?
 10. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' comharrachadh agus a' freagairt ri feumalachdan a tha ùr no a tha ag èirigh?
-

5 Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas aig a h-uile ìre?

5.2 A' treòrachadh dhaoine agus a' leasachadh chom-pàirteachasan

Tha an t-slat-tomhais seo a' dèiligeadh ri dè cho èifeachdach 's a tha sinn ann a bhith a' togail comas air ceannardas aig a h-uile ìre. Tha i a' coimhead air dè cho math 's a tha ceannardan a' togail cultar ionnsachaidh agus dè cho math 's a tha leasachadh cleachdaidh a' cuideachadh agus a' brosnachadh piseach. Tha i cuideachd a' toirt sùil air èifeachdas na h-obrach a thathar a' gabhail os làimh còmhla ri luchd-pàirt gus builean nas fheàrr fhaighinn.

Cuspairean:

- Ceannardas aig a h-uile ìre
- A' togail agus a' cumail feachd-obrach làidir
- Co-chinneasachadh agus com-pàirteachasan

Sgead-dhealbh ìre 5:

Ceannardas aig a h-uile ìre

Tha cultar cumhachdachaidh againn a tha a' toirt taic don h-uile neach-obrach agus saor-thoileach gus an comas ceannardais a leasachadh agus ìrean ìomchaidh de dh'uallach a ghabhail os làimh anns na raointean-obrach aca. Thathar a' cur earbsa ann an luchd-obrach agus thathar a' toirt taic dhaibh gu h-èifeachdach gus dreuchdan ceannardais a ghabhail os làimh. Tha cothroman planaichte, eagarach agus èifeachdach ann airson luchd-obrach agus saor-thoilich aig a h-uile ìre sgilean ceannardais a leasachadh. Tha na cothroman seo a' togail an cuid eòlais, sgilean agus misneach a bhith a' gabhail os làimh uallaichean ùra. Tha seo a' meudachadh comas cha mhòr a h-uile neach-obrach is saor-thoileach a bhith innleachdach, a bhith cruthachail agus a bhith a' leasachadh bhuilean. Tha an t-ealantas agus eòlas aca, a thathar gan leasachadh, a' toirt buaidh air an dòigh sa bheil an cleachdadh aca ga libhrigeadh.

A' togail agus a' cumail feachd-obrach làidir

Tha ceannardan gu cunbhalach a' brosnachadh agus a' toirt taic do chàch a bhith a' libhrigeadh deagh chothroman ionnsachaidh is leasachaidh. Tha luchd-obrach agus saor-thoilich dealasach, misneachail agus cha mhòr daonnan a' faireachdainn gu bheil a' cur meas orra. Tha planadh airson co-arbas a' cuideachadh gus am feachd-obrach againn a chumail agus a neartachadh. Tha sinn a' cur air adhart cultar ionnsachaidh taobh a-staigh na buidhne againn. Tha cha mhòr a h-uile neach-obrach agus saor-thoileach a' gabhail pàirt gu cunbhalach ann an gnìomhachdan leasachaidh de dh'àrd-chàileachd, a bhios gach cuid a' toirt taic don chleachdadh CLD aca agus ga leasachadh agus a bhios gan cuideachadh gus inbhean proifeiseanta a choileanadh. Mar thoradh air sin, tha cha mhòr a h-uile neach-obrach agus saor-thoileach a' dearbhadh inbhe àrd de chleachdadh. Tha sinn ag obair gu co-obrachail ann an dòigh mhath gus an t-ionnsachadh againn fhìn agus an t-ionnsachadh aig càch àrdachadh. Tha luchd-cleachdaidh CLD a'

toirt taic do chom-pàirteachasan, luchd-obrach agus saor-thoilich bho raointean eile gus modhannan CLD a thuigsinn agus a chleachdadh. Tha seo a' neartachadh a' chomais againn gus feachd-obrach làidir a chumail.

Co-chinneasachadh agus com-pàirteachasan

Tha ceannardan for-ghnìomhach ann a bhith a' leasachadh, a' cur air adhart agus a' cumail suas obair ann an com-pàirteachas agus obair cho-obrachail. Tha seo a' gabhail a-steach co-chinneasachadh gus builean co-phàirtichte a leasachadh. Tha na structaran planaidh agus libhrigidh againn a' toirt taic do luchd-obrach is saor-thoilich gu bhith ag obair gu h-èifeachdach tarsainn chom-pàirteachasan gus atharrachadh deimhinneach a libhrigeadh. Tha e follaiseach gu bheil meas agus earbsa aig luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt aig a h-uile ìre air càch a chèile. Tha sinn a' tuigsinn agus a' luachadh nan dreuchd is cur a-steach a tha aig càch a chèile. Barrachd is barrachd, tha buill na coimhearsnachd, a' gabhail a-steach clann agus daoine òga, a' gabhail pàirt mar luchd-pàirt co-ionann agus tha iad a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-steach ann an co-dhùnaidhean. Tha seo a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na prìomhachasan airson planadh coimhearsnachd agus cumhachdachadh choimhearsnachdan a' coileanadh feumalachdan luchd-ionnsachaidh agus choimhearsnachdan.

Ceistean dùbhlain:

1. Gu dè ìre a tha luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt air an cumhachdachadh gus dreuchdan ceannardais iomchaidh a ghabhail os làimh?
2. Dè cho math 's a tha sinn a' leasachadh comasan ceannardais luchd-obrach agus shaor-thoileach aig a h-uile ìre?
3. Dè cho soirbheachail 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-obrach agus saor-thoilich a bhith ùr-ghnàthach, cruthachail agus a' toirt riosgan, a tha fiosraichte is stiùirichte, air chor 's gum bithear a' dèiligeadh ri feumalachdan atharrachail no ris nach robh dùil?
4. Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach, saor-thoilich agus prìomh luchd-pàirt fòcasach air buaidhean is builean nas fheàrr a dhleasadh? Dè thathar air stèidheachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-obrach agus saor-thoilich soilleir mu dheidhinn loidhnichean cunntachalachd?
5. Dè cho èifeachdail 's a tha sinn a' cur air adhart cultar ionnsachaidh? Dè cho math 's a tha sinn a' comasachadh luchd-pàirt, luchd-obrach agus saor-thoilich gus cothrom a ghabhail gu cunbhalach air cothroman leasachaidh iomchaidh a bhios a' toirt taic do chleachdadh?
6. Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh "*Growing the Learning Culture in CLD*", còd nam beus airson CLD, na comasachdan CLD agus ballrachd de Chomhairle Inbhean CLD gus taic a thoirt do dh'inbhean àrda am measg an luchd-chleachdaidh CLD againn?

7. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-pàirt agus luchd-cleachdaidh bho raointean eile gus modhannan CLD a chleachdadh taobh a-staigh an cuid obrach?
 8. Dè cho for-ghnìomhach 's a tha ceannardan, luchd-obach agus saor-thoilich aig a h-uile ìre ann a bhith a' leasachadh, a' cur air adhart agus a' cumail suas obair ann an com-pàirteachas, agus co-chinneasachadh, gach cuid air an taobh a-staigh agus le luchd-pàirt?
 9. Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil dàimhean le luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt stèidhte air earbsa agus meas air càch a chèile.
 10. Dè cho math 's a thathar a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan a bhith an sàs ann an toirt cumadh do leasachadh cleachdaidh agus toirt buaidh air co-dhùnidhean air solar CLD? Dè an diofar a tha seo a' dèanamh?
-

5 Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas aig a h-uile ìre?

5.3 Riaghlachas airson bhòrd, chomataidhean stiùiridh, urrasairean

Tha an t-slat-tomhais seo a' coimhead air na dreuchdan is dleastanasan a tha aig ceannardan saor-thoileach a tha air bùird is comataidhean-stiùiridh, no a tha nan urrasairean ann an comainn choimhearsnachd no buidhnean saor-thoileach. Tha i a' beachdachadh air mar a tha bùird air an dèanamh suas. Tha i a' dèiligeadh ri dè cho èifeachdach 's a tha ceannardan saor-thoileach ann a bhith a' treòrachadh agus a' riaghladh na buidhne, agus cumail sùil air coileanadh agus cunnartan.

Cuspairean:

- Co-dhèanamh agus dreuchd
- Ceannardas
- A' cumail sùil air gnothaichean agus leasachadh

Sgead-dhealbh ìre 5:

Co-dhèanamh agus dreuchd

Tha na ceannardan saor-thoileach againn a' gabhail a-steach riochdairean bhon choimhearsnachd dom bi sinn a' toirt taic. Tha iad a' toirt leotha raon de fhèin-fhiosrachaidhean, agus tha iad a' riochdachadh feadhainn a tha bho dhiofar chùl-raointean agus buidhnean-aoise. Tha sinn a' sireadh cheannardan saor-thoileach aig a bheil seata de sgilean sònraichte agus eòlas a bhios comasach air dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann air a stiùireadh gu math agus air a treòrachadh gu h-èifeachdach. Tha ceannardan saor-thoileach soilleir mu dheidhinn nan dreuchdan is dleastanasan aca. Tha iad ag obair gu h-èifeachdach le luchd-pàirt, luchd-obrach agus saor-thoilich fhad 's a tha iad ag aithneachadh agus a' measadh nan dreuchdan diofaraichte a tha aig gach aon. Tha iad a' faighinn taic, stiùireadh agus trèanadh iomchaidh gus an comasachadh a bhith a' coileanadh nan dreuchdan aca gu math. Thathar air siostaman leasaichte a stèidheachadh gus planadh co-arbas ceannardais a shocrachadh.

Ceannardas

Tha ceannardas na buidhne againn làidir agus èifeachdach, agus tha lèirsinn agus seòladh aca a tha soilleir agus co-phàirtichte. Tha ar lèirsinn, luachan is cuimsean air an deagh thuigsinn agus a' faighinn taic bho cheannardan saor-thoileach. Tha ceannardan saor-thoileach a' dearbhadh sgilean riaghlachais làidir agus tha iad a' brosnachadh dhaoine eile taobh a-staigh na buidhne. Tha conaltradh eadar ceannardan saor-thoileach agus luchd-ùidhe fosgailte, trid-shoilleir agus èifeachdach. Tha ceannardan saor-thoileach an geall air taic a thoirt do chomas na buidhne a bhith a' faighinn builean nas fheàrr. Tha iad a' dèanamh cinnteach gu bheil air ullachaidhean airson aithriseadh is riaghlachas, a tha iomchaidh do dh'obair na buidhne, a stèidheachadh agus gu bheil sùil ga cumail orra.

A' cumail sùil air gnothaichean agus leasachadh

Tha ceannardan saor-thoileach a' faighinn aithrisean cunbhalach, buntainneach agus de dh'àrd-chàileachd gus an cuideachadh a bhith a' riaghladh adhartas is coileanadh na buidhne. Tha seo a' gabhail a-steach fiosrachadh ionmhasail is laghail a tha buntainneach. Tha ceannardan saor-thoileach mothachail air, agus a' gèilleadh ri, na h-uallaichean orra a thaobh reachdas, riaghailtean agus còdan obrachaidh. Tha ceannardan saor-thoileach a' coimhead air adhart agus tha iad a' beachdachadh gu cunbhalach air na dùbhlain, cothroman agus cunnartan ceangailte a dh'fhaodadh tighinn. Tha iad ag obair gu h-èifeachdach le luchd-obrach agus saor-thoilich àrd-rangach gus cunnartan a chomharrachadh agus rianachd fhaighinn orra. Tha luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-ùidhe eile soilleir mu dheidhinn na dreuchd cudromaich a tha aig buill a' bhùird, buill na comataidh stiùiridh no urrasairean a thaobh dearbhadh càileachd. Tha tuigse shoilleir aig ceannardan saor-thoileach air neartan is dùbhlain na buidhne.

Ceistean dùbhlain:

1. Mar cheannardan saor-thoileach (buill bùird no buill comataidh stiùiridh no urrasairean), dè cho math 's a tha sinn a' riochdachadh na coimhearsnachd is luchd-ùidhe ris am bi a' bhuidheann a' frithealadh?
2. Dè an ìre de dh'iomadachd a tha againn? A bheil sinn a' riochdachadh roinn-tarsainn iomchaidh den choimhearsnachd?
3. A bheil am measgachadh ceart againn de sgilean, eòlas agus ealantas gus deagh riaghlachas a shocrachadh?
4. A bheil sinn ag ionnsachadh bhon chleachdadh a tha aig bùird ann an àitichean eile, agus a bheil sinn a' co-phàirteachadh ar cleachdaidh ri càch?
5. Dè cho math 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil guthan luchd-ùidhe air an cluinntinn?
6. Dè cho math 's a tha sinn ag obair le luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt gus planadh co-arbais a shocrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil am bòrd/a' chomataidh agus a' bhuidheann so-sheasmhach?
7. A bheil dreuchdan soilleir aig ceannardan saor-thoileach a tha air leth bho dhreuchd luchd-obrach agus saor-thoileach? Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na dreuchdan seo air an co-thuigsinn agus air an co-mheasadh?
8. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt riaghlachas iomchaidh, no ceannardas far a bheil sin buntainneach, gus taic a thoirt do lèirsinn, luachan agus cuimsean na buidhne?
9. Dè cho soirbheachail 's a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuidheann againn a' coileanadh a dleastanasan a thaobh reachdas, riaghailtean, poileasaidhean, stiùireadh agus còdan obrachaidh?
10. Dè cho math 's a tha ceannardan a' toirt seachad an fhiosrachaidh ionmhasail, laghail agus eile a tha a dhìth bho luchd-obrach agus/no saor-thoilich?

11. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do chomas na buidhne gus atharrachadh a ro-aithneachadh agus plana a dhèanamh air a shon agus gus cunnartan a mhaothachadh?
 12. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-pàirt, luchd-obrach agus saor-thoilich a bhith cruthachail, ùr-ghnàthach agus a' toirt riosgan fiosraichte is stiùirichte?
 13. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do chomas na buidhne gus a' bhuidhe aice a leasachadh?
-

6 Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas ann a bhith a' faighinn bhuilean nas fheàrr?

6.1 Ag àrdachadh inbhean

Tha an t-slat-tomhais seo a' dèiligeadh ri riaghlachas CLD. Tha i a' dèiligeadh ri dè cho math 's a tha ceannardan a' coileanadh an dleastanasan reachdail agus dè cho èifeachdach 's tha iad ann a bhith a' toirt fa-near atharrachaidhean do reachdas, poileasaidhean agus stiùireadh taobh a-staigh an cuid planaigh. Tha i a' coimhead air dè cho sgileil agus èifeachdach 's a tha ceannardan a thaobh coileanadh agus àrdachadh inbhean agus rianachd chunnairt.

Cuspairean:

- Riaghlachas
- Reachdas agus poileasaidhean
- A' coileanadh inbhean agus rianachd chunnairt

Sgead-dhealbh ìre 5:

Riaghlachas

Tha ceannardas CLD aig a h-uile ìre làidir agus èifeachdach, le dìcheall soilleir agus lèirsinn airson leasachadh. Tha ceannardan a' nochdadh riaghlachas làidir agus èifeachdach, a tha fiosraichte le aithriseadh cunbhalach de dh'àrd-chàileachd. Tha seo a' comasachadh cheannardan air a bheil uallach airson CLD a bhith a' dearbhadh buaidh agus adhartas a dh'ionnsaigh coileanadh nan dleastanasan ann an riaghailtean CLD. Tha tuigse làidir aig luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt, air prìomhachasan agus planaichean CLD. Tha cur a-steach luachmhor aca a tha a' toirt buaidh air prìomhachasan, agus bidh iad ri co-chinneasachadh ann a bhith gan toirt-san air adhart. Tha buill coimhearsnachd a' gabhail com-pàirt ghnìomhach ann am planadh CLD agus ann am pròiseasan co-dhùnaidh. Mar cheannardan, tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil a' seachnadh dùblachadh oidhirpean agus gu bheil stòrasan co-phàirtichte gan targaideachadh gu math gus feumalachdan prìomhachais a choileanadh.

Reachdas agus poileasaidhean

Tha ceannardan aig a h-uile ìre a' planadh gu math airson atharrachaidhean do reachdas, poileasaidhean agus stiùireadh. Tha na poileasaidhean agus modhan-obrach againn soilleir, freagarrach agus ath-ùraichte. Tha ceannardan a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile neach-obrach, saor-thoileach agus neach-pàirt a' gèilleadh ri an dleastanasan agus uallaichean a thaobh reachdas, riaghailtean, ro-innleachdan, poileasaidhean, stiùireadh, inbhean agus còdan obrachaidh. Tha sinn a' freagairt gu luath ri, agus a' freagarrachadh a' chleachdaidh againn a rèir, leasachaidhean ùra ann an reachdas, poileasaidhean, ro-innleachdan agus atharrachaidhean a bhios a' toirt buaidh air cleachdadh proifeiseanta. Tha a h-uile neach-pàirt, neach-obrach agus saor-thoileach a' gabhail pàirt gu gnìomhach agus gu cunbhalach ann an cothroman trèanaidh agus leasachaidh gus taic a thoirt do

seo. Tha sinn tèarainte agus misneachail ann a bhith a' freagairt ri cùisean dìon agus iomgainean dìon cloinne. Tha an clàradh againn daonnan iomchaidh, làithreach, làidir agus tèarainte.

A' coileanadh inbhean sheirbheisean agus rianachd chunnairt

Tha ceannardan aig a h-uile ìre ag obair gu h-èifeachdach le luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt gus inbhean sheirbheisean a chur an cèill agus àrdachadh agus gus rianachd agus maothachadh cunnairt a choileanadh. Tha na ro-innleachdan conaltraidh againn fosgailte, trid-shoilleir agus èifeachdach. Tha sinn a' dèanamh anailis làidir, gu cunbhalach agus ann an dòigh eagarach, air faisneis, a' gabhail a-steach fiosrachadh slugh-thomhais agus dàta coileanaidh. Tha seo gar cuideachadh a bhith a' tuigsinn dè cho math 's a tha sinn a' coileanadh inbhean agus tha e a' toirt buaidh air mar a bhios sinn a' comharrachadh cunnairt agus a' freagairt ris. Tha sinn air modhan-obrach làidir a stèidheachadh gus cunnartan ionmhasail agus cunnartan ceangailte ri stòrasan eile a stiùireadh agus a thoirt gu fìor-lùghad, a' gabhail a-steach atharrachaidhean luchd-obrach. Tha na pròiseasan seo a' dèanamh cinnteach gur urrainn dhuinn inbhean a chumail suas agus freagairt san dòigh as fheàrr ri feumalachdan atharrachail. Tha an cleachdadh againn fiosraichte agus air a riaghladh le comasachdan, beusan agus inbhean CLD a tha air an deagh thuigsinn.

Ceistean dùbhlain:

1. Ciamar a tha fios againn gu bheil an ceannardas againn aig a h-uile ìre làidir agus èifeachdach?
2. Ciamar a tha fios againn gu bheil an riaghlachas CLD againn èifeachdach, èifeachdail agus làidir?
3. Dè cho math 's a tha na pròiseasan dearbhadh càileachd againn gus ar comasachadh a bhith a' cumail sùil air agus ag aithris air adhartas?
4. Dè cho math 's a tha na pròiseasan dearbhadh càileachd againn a' cuideachadh gus sìor-leasachadh a chomharrachadh agus plana a dhèanamh air a shon?
5. Dè cho soilleir 's a tha sinne agus luchd-ùidhe nas fharsainghe, a' gabhail a-steach luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt, mu dheidhinn an uallaich a tha oirnn a bhith a' coileanadh nan dleastanasan ann an reachdas, riaghailtean, ro-innleachdan, planaichean agus còdan obrachaidh?
6. Dè cho math 's a tha sinn a' coileanadh riaghailtean, ro-innleachdan, poileasaidhean agus stiùireadh CLD?
7. Dè cho uidheamaichte 's a tha sinn a bhith a' freagairt ri poileasaidh no stiùireadh atharrachail? Dè cho math 's a tha sinn a' freagairt ri, agus a' coileanadh, atharrachaidhean a tha ùr agus luath ann an comann sòisealta no ann an reachdas?
8. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn a' tuigsinn nan uallaichean a tha oirnn a thaobh clann, daoine òga agus inbhich so-leònta a dhìon?

9. Ciamar a tha fios againn gu bheil sinn a' coileanadh agus ag àrdachadh inbhean libhrigidh gus dèanamh cinnteach gum bi sinn a' cumail oirnn a' faighinn leasachadh?
 10. Dè cho soirbheachail 's a thathar a' comharrachadh agus a' measadh chunnartan agus a' cumail rianachd orra?
 11. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt fa-near cunnartan ann an atharrachaidhean a thathar a' moladh mar fhreagairt ri ùr-ghnàthachaidhean sam bith a tha a' toirt taic do leasachadh?
 12. Dè cho math 's a tha luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt, a' cur ri comharrachadh agus suidheachadh phrìomhachasan agus a' gabhail pàirt ann an co-chinneasachadh gus an toirt air adhart?
-

6 Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas ann a bhith a' leasachadh bhuilean?

6.2 A' dleasadh leasachaidhean

Tha an t-slat-tomhais seo a' dèiligeadh ri dè cho math 's a tha leasachadh ga dhleasadh. Tha i a' sgrùdadh dè cho dian, làidir is co-chrochach 's a tha pròiseasan dearbhadh càileachd. Tha i a' dèiligeadh ri dè cho èifeachdach 's a tha ceannardan aig a h-uile ìre, agus tarsainn chom-pàirteachasan, a' cleachdadh fèin-luachadh gus buaidhean deimhinneach a mheudachadh. Tha i cuideachd a' beachdachadh air a' chomas leasachaidh againn san fharsaingeachd.

Cuspairean:

- Dearbhadh Càileachd
- Sgilean fèin-luachaidh
- Comas airson leasachadh

Sgead-dhealbh ìre 5:

Dearbhadh Càileachd

Tha ceannardan aig a h-uile ìre a' cur an cèill inbhean is dùilean airson sheirbheisean a tha air an deagh thuigsinn agus a tha a' brosnachadh piseach. Tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil air pròiseasan a stèidheachadh airson dearbhadh càileachd a tha soilleir agus èifeachdach, agus tha iad a' cuideachadh gus neartan a chomharrachadh a bharrachd air raointean sam bith far a bheil leasachadh a dhith. Tha na pròiseasan seo ag adhbharachadh bhuilean nas fheàrr airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan. Tha ceannardan aig a h-uile ìre a' toirt taic do luchd-obrach, saor-thoilich agus luchd-pàirt gus pàirt a ghabhail gu cunbhalach ann an lèirmheas coileanaidh, fèin-luachadh agus meòrachadh. Tha ceannardan a' cumail sùil gheur air adhartas, agus tha iad ag aithris air do luchd-ùidhe, mu choinneimh chuimsean, amasan, targaidean agus slatan-tomhais. Tha sinn a' cleachdadh dàta agus fiosrachadh eile gu h-èifeachdach gus comharrachadh agus measadh a dhèanamh air, agus fhreagairt ri, feumalachdan a tha ag èirigh no a tha ag atharrachadh agus neo-ionannachdan leanaltach is siostamach.

Fèin-luachadh:

Tha ceannardan aig a h-uile ìre a' dèanamh cinnteach gu bheil fèin-luachadh air fhisge a-steach sa bhuidhinn agus tarsainn ghnìomhachdan uile. Tha e dian, ioma-chuimseach, eagarach agus trid-shoilleir. Tha builean bho fhèin-luachadh a' fiosrachadh, a' cuideachadh agus a' brosnachadh phrìomhachasan leasachaidh. Tha sinn ag obair gu math le luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach buidhnean coimhearsnachd, gus co-sgeamaichean fèin-luachaidh a ghabhail os làimh. Tha seo gar cuideachadh gus builean co-phàirtichte a thuigsinn agus a leasachadh. Tha sinn a' brosnachadh cleachdadh mhodhannan CLD agus frèamaichean-obrach airson leasachadh càileachd gus taic a thoirt don phròiseas seo. Tha tuigse làidir againn air a' bhuidh a tha aig a' chleachdadh againn a thaobh

prìomhachasan ionadail, roinneil agus nàiseanta a choileanadh. Tha sinn a' cleachdadh raon farsaing de dh'èisimpleirean de dheagh chleachdadh agus rannsachadh, a dh'fhaodadh tighinn bho cho-luchd-obrach no a bhith ionadail, roinneil no nàiseanta, gus meòrachadh a dhèanamh air a' chleachdadh againn fhìn, agus a luachadh, fhiosrachadh agus a leasachadh.

Comas airson leasachadh

Tha am planadh airson leasachadh againn stèidhte air fianais, agus tha e àrd-amasach sna h-àrd-mhiannan aige. Tha na ceannardan againn a' dèanamh cinnteach gu bheil sinn air poileasaidhean, pròiseasan agus siostaman a stèidheachadh a tha làidir agus so-sheasmhach, agus a tha air an ath-bhreithneachadh gu cunbhalach agus air an cur an gnìomh ann an dòigh a tha co-chrochach, gus piseach a chuideachadh agus a bhrosnachadh. Tha na ceannardan againn a' dèanamh cinnteach gu bheil tuigse cho-phàirtichte aig luchd-obrach agus luchd-ùidhe eile air na h-àrd-amasan agus àrd-mhiannan seo agus mar a bhios iad a' fiosrachadh an cuid cleachdaidh. Thathar a' toirt taic do luchd-obrach aig a h-uile ìre agus gan comasachadh gus uallach a ghabhail airson atharrachadh a threòrachadh agus a chur an gnìomh. Mar thoradh air sin, tha sinn air comas meudaichte a leasachadh a thaobh freagairt ri agus freagarrachadh ri atharrachadh. Tha sinn air ro-innleachdan is pròiseasan èifeachdach a stèidheachadh a bhios a' cumail sùil air, agus a' luachadh na buaidh a thig bho, atharrachaidhean airson builean luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan.

Ceistean dùbhlain:

1. Dè cho math 's a tha ceannardan a' cur an cèill agus a' toirt seachad dùilean agus inbhean sheirbheisean a bhios a' cuideachadh na buidhne gus piseach fhaighinn?
2. Dè cho èifeachdach 's a tha na siostaman is dòighean-obrach againn a thaobh planadh airson sìor-leasachadh?
3. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-pàirt agus luchd-cleachdaidh bho raointean eile gus modhannan CLD agus frèamaichean-obrach leasachadh càileachd a chleachdadh taobh a-staigh an cuid obrach?
4. Ciamar a tha fios againn gu bheil builean airson luchd-ionnsachaidh is coimhearsnachdan a' leasachadh mar thoradh air na pròiseasan dearbhadh càileachd againn?
5. Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh dàta agus fiosrachadh eile gus comharrachadh agus measadh a dhèanamh air, agus fhreagairt ri, feumalachdan a tha ag èirigh no a tha ag atharrachadh agus neo-ionannachdan leanaltach is siostamach.
6. A bheil fèin-luachadh airson leasachadh air fhisge a-steach ann an cultar na buidhne againn?
7. Dè cho math 's a tha sinn a' toirt taic do luchd-obrach agus saor-thoilich gus an dreuchd aca ann an dearbhadh càileachd a thuigsinn agus pàirt a ghabhail gu cunbhalach ann an cleachdadh làidir de fhèin-luachaidh?
8. Dè cho èifeachdach 's a tha sinn ag obair le luchd-pàirt gus fèin-luachadh co-phàirtichte a ghabhail os làimh a bhios a' toirt taic do phlanadh agus ùr-

ghnàthachadh agus air chor 's gum bi sinn a' comharrachadh agus ag aontachadh phrìomhachasan leasachaidh?

9. Dè cho math 's a tha sinn a' cleachdadh rannsachadh agus co-phàirteachadh cleachdadh èifeachdach air chor 's gum faod sinn meòrachadh air a' chleachdadh agus coileanadh againn fhìn agus a bhith ga leasachadh?
 10. Ciamar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil fòcas leanaltach ann air builean nas fheàrr airson luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan?
 11. Dè cho uidheamaichte 's a tha na ceannardan againn gus beachdachadh agus aontachadh air a' chomas leasachaidh aca?
-

Foghlam Alba

Taigh Denholm
Pàirc Gnothachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Dhùnleibhe EH54 6GA

F +44 (0)131 244 4330

P-d enquiries@education.scot.nhs.uk

www.education.gov.scot

© Crown Copyright, 2020

Faodaidh tu am fiosrachadh seo (ach na dealbhan is suaicheantasan) ath-chleachdadh gu saor 's an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith fo Cheadachas an Riaghaltais Fhosgailte fhad 's a thèid ath-chleachdadh gun mhearachd agus chan ann air dòigh mheallta. Feumar aithneachadh gur ann aig Foghlam Alba a tha a' chòir-lethbhreac, agus feumar tiotal na sgrìobhainne a nochdadh.

Gus an ceadachas fhaicinn, tadhail air: <http://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence> or e-mail: psi@nationalarchives.gov.uk

Far a bheil sinn air còir-lethbhreac aig treas-phàrtaidh sam bith a chomharrachadh, feumaidh tu cead fhaighinn on fheadhainn aig a bheil a' chòir-lethbhreac.

